Fèisean nan Gàidheal

A' toirt ar dualchais do ar n-òigridh

Coinneamh den Bhòrd-Stiùiridh

Oifisean Fèisean nan Gàidheal
111 Sràid na h-Acadamaidh, Inbhir Nis

Diardaoin 17 Gearran 2011 @ 2.30f

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org

Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd Stiùiridh gu bhith air a cumail ann an oifisean Fèisean nan Gàidheal, 111 Sràid na h-Acadamaidh, Inbhir Nis aig 2.30f, Diardaoin 17 Gearran 2011

Clàr Chùisean

1.2011.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a)	An làthair	
(b)	Leisgeulan	
(c)	Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhòrd	Airson Aontachaidh
(d)	Cùisean a' togail ceann	
(e)	Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhuidhinn Riaghlaidh	Airson Fiosrachaidh

1.2011.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a)	Adhartas a-rèir Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b)	Blas 2011	Airson Fiosrachaidh
(c)	Cuairt Mheanbh-chuileag 2011	Airson Fiosrachaidh
(d)	Taisbeanadh bho Rae NicEachearna mu obair ICO air Ghàidhealtachd	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid

1.2011.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a)	Aithisg Ionmhais	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b)	Suimean airgid anns a' bhanca agus fiosrachadh as ùire	Airson Fiosrachaidh
(c)	Cunntasan Ràitheil gu 31 Dùbhlachd 2010	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(d)	Tagradh gu Alba Chruthachail 2012-15	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid

1.2011.04 CÙISEAN POILEASAIDH

(a)	A' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig: Ath cheumannan	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b)	Aithisg Bhliadhnail air Làimhseachadh Cunnartan	Airson Aontachaidh

1.2011.05 CÙISEAN GNÌOMHAIL

(a)	Aithisgean Luchd-Obrach	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b)	Coinneamh Bhliadhnail 2011: Fiosrachadh mu àiteachan freagarrach	Airson Aontachaidh

1.2011.06 EILE

(a)	Ceann-latha na h-ath choinneamh	Airson Fiosrachaidh
(b)	Coinneamh den Bhuidhinn Riaghlaidh	Pàipearan tro phost-d a-mhàin

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-chunntas air coinneamh a' Bhùird Stiùiridh a chaidh a chumail ann an Oifisean Fèisean nan Gàidheal, Inbhir Nis, bho 2f, Diardaoin 2 Dùbhlachd 2010

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 1.2011.01(e)

4.2010.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An Làthair

Catrìona Nic an t-Saoir (Cathraiche), Mairead Chamshron, Katag NicNèill, Màiri Oakley, Art MacCarmaig (an làthair), Calum Ailig Mac a' Mhaoilein (an làthair), Anne Willoughby (an làthair), Moreen Pringle (an làthair)

Tro Cho-labhairt Fòn

Fiona NicIain, Seònaid NicDhòmhnaill, Derek MacIllInnein

(b) Leisgeulan

Claire Bee, Bernard Bell, An Comhairliche Agnes Rennie (CnES), Mòrag Anna NicLeòid (Comhairle na Gàidhealtachd), Iain Mac a' Ghobhainn (Comhairle Ealain na h-Alba), Ann Marie Reid (HIE),

(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh de Bhòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal

Chaidh geàrr-chunntas bhon choinneimh a chaidh a chumail air 24 An t-Sultain 2010 a sgaoileadh. Mhol Katag NicNèil gum bu chòir gabhail ris mar chunntas fìrinneach den choinneimh. Chaidh seo aontachadh leis a' Bhòrd agus Fiona NicIain a' cur a taic ris.

(d) Cùisean a thog ceann

Thuirt Art MacCarmaig gun robh muinntir Fèis an Iar Thuath (an fhèis as ùire) air leth toilichte gun do ghabhadh riutha mar bhall ùr de dh'Fhèisean nan Gàidheal, agus bha iad an dùil a' chiad Fhèis aca a chumail sa Ghearran 2011.

(e) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhuidhinn Riaghlaidh

Chaidh geàrr-chunntas na coinneimh a chaidh a chumail air a' fòn air 19 An t-Samhain 2010 a sgaoileadh agus thugadh fa-near dha.

(f) Geàrr-chunntasan nan coinneamhan mu dheireadh de dh'Fhèis Bhlais Earr.

Chaidh Geàrr-chunntasan nan coinneamhan mu dheireadh de dh'Fhèis Bhlais Earr. a chaidh a chumail air 13 An t-Sultain agus 2 An t-Samhain 2010 a sgaoileadh agus thugadh fa-near dhaibh.

4.2010.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas a thaobh cur an gnìomh Pròram Obrach Fèisean nan Gàidheal

Chaidh geàrr-chunntas air adhartas, gu ruige seo, air cur an gnìomh Pròram Bliadhnail Fèisean nan Gàidheal a sgaoileadh agus thugadh fa-near dha.

Thuirt Art MacCarmaig gun robh a' mhòr-chuid de dh'amasan gan cur an gnìomh mar bu chòir. B' iad na h-amasan a bha aig ìre "òmair":

Maoin Leasachaidh nam Fèisean – air sgàth buidseat nas lugha, b' fheudar dhuinn pàirt den mhaoineachadh a chur mu choinneimh amasan eile, agus tha e coltach a-nis nach tèid ach trì pròiseactan a mhaoineachadh sa bhliadhna ionmhais seo.

An t-iarratas airson airgead bho Mhaoin Dualchais a' Chrannchuir mu choinneimh a' Phròiseict Thasglainn – cha do shoirbhich leinn leis an iarrtas airson a' mhaoineachaidh a bha sinn ag iarraidh. Thathar an dùil cur a-steach a-rithist airson sùim nas lugha. Dh'aontaich Bòrd na

Gàidhlig am pròiseact seo a mhaoineachadh.

Iomairt Ciùil na h-Òigridh – gu ruige seo cha b' urrainnear Iomairt Ciùil na h-Òigridh a sgaoileadh gu sgìrean eile. Bhathar a' dol a choimhead ris a' chùis seo ann an co-bhuinn ri Alba Chruthachail. Dh'fhaighnich Seònaid NicDhòmhnaill dè bha an Iomairt a' dèanamh ann an Earra-Ghàidheal is Bòid. Dh'aontaich Art MacCarmaig gum faigheadh e a-mach agus gun tilleadh e leis an fhiosrachadh.

Bha am Bòrd air leth toilichte leis an obair a bha a' bhuidheann a' dèanamh.

(b) Fèis Bhlais 2011

Chaidh aithisg agus fiosrachadh iomchaidh eile a sgaoileadh le Art MacCarmaig a' toirt dealbh do bhuill air mar a bha a' dol do na planaichean airson Blas 2011.

Bha fhios aig buill a' Bhùird gun do gheàrr Comhairle na Gàidhealtachd 30% (£31,500) den mhaoineachadh airson Blas a' tòiseachadh ann an 2011-12. Bheireadh sin buaidh air aontaidhean maoineachaidh eile agus mar thoradh air seo bhiodh am buidseat mu £60,000 nas lugha na bha e roimhe.

B' fheudar do bhuill a' Bhùird tighinn gu co-dhùnadh, a thaobh Blas 2011, an robh no nach robh iad ag iarraidh Blas 2011 a chumail; air sgàth 's gum biodh buidseat nas lugha ann, agus cunnart ionmhasail ann do dh'Fhèisean nan Gàidheal, mura dèanadh an fhèis prothaid.

B' e an dà roghainn a bh' aca, fèis nas lugha a chumail no gun a bhith a' cumail Fèis Bhlais ann an 2011 idir.

Bathar a' rannsachadh chothroman maoineachaidh eile, nam measg iarrtas airson LEADER na Gàidhealtachd is nan Eilean ann an 2011. Cuideachd, bhruidhinn sinn ri RBS is Caledonian Mac a' Bhruthainn feuch am biodh iad deònach urrasachd a thoirt don Fhèis.

Nan deigheadh an Fhèis a chumail, cha bhiodh ann ach 20 tachartas an àite 35 – ach bhiodh na tachartasan seo a cheart cho math ri bliadhnaichean eile agus sàr luchd-ciùil a' tadhail air diofar cheàrnaidhean den Ghàidhealtachd.

Bhruidhinn am Bòrd mu dhiofar dhòighean anns am b' urrainnear cosgaisean a lùghdachadh: nas lugha stuthan sanasachd air am foillseachadh, a' dèanamh barrachd sanasachd tron làrach-lìn agus air rèidio, a' pàigheadh nas lugha do dhaoine, m.s.a.a.

Às dèidh nan còmhraidhean, chaidh aontachadh gun deigheadh Blas 2011 a chumail le buidseat a bhiodh air a stèidheachadh air an uiread de mhaoineachadh a bhiodh ri fhaotainn aig àm. Thathar a' dol a dheasachadh dreach den Phròram, agus faodar cur ris ma gheibhear tuilleadh maoineachaidh a-rithist.

(c) Cèilidhean Naomh Anndra

Thuirt Art MacCarmaig gun deach ceithir de na còig cèilidhean Naomh Anndra, a bhathar an dùil a chur air dòigh, a chumail (chaidh am fear ann am Poll Iù a chur dheth air sgàth droch shìde).

Cuideachd, air sgàth na droch shìde, cha robh an uiread de dhaoine 's a bha dùil againn aig na Cèilidhean – ach chòrd iad gu mòr ris an fheadhainn a b' urrainn a bhith an làthair.

Chaidh na tachartasan a mhaoineachadh le Comhairle na Gàidhealtachd agus EventScotland.

Cha robh fios againn fhathast dè chosg na cèilidhean, ach cluinnear dè chosg iad aig an ath choinneimh den Bhòrd.

4.2010.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Aithisgean Ionmhasail

Chaidh aithisg a dheasaich am Manaidsear Gnìomha, Anna Willoughby, a sgaoileadh a bha a' sealltainn an teachd-a-steach agus na cosgaisean aig Fèisean nan Gàidheal suas gu 31 am Màrt 2011, a thuilleadh air aithisg leis na suimeannan a fhuaras agus a chaidh a chosg suas gu 11 An t-Samhain 2010 agus liosta de thabhartasan a chaidh a ghealltainn do dh'Fhèisean airson 2010-11, a bha cuideachd a' sealltainn nan suimeannan a chaidh a phàigheadh do dh'Fhèisean aig 11 An t-Samhain 2010.

Thug Buill a' Bhùird fa-near do na h-aithisgean.

(b) Cunntasan Banca agus am fiosrachadh às ùire

Mar a bha na cunntasan aig an àm:

- Cunntas Làitheil: £4,724.07
- Cunntas Àrd-rèidh: £116,578.65
- Cunntas Bhlais: £83.18

Bha airgead fhathast ri thighinn bho Chomhairle na Gàidhealtachd, LEADER, agus Maoin Dualchais a' Chrannchuir

(c) Cunntasan Riaghlaidh airson na ràithe gu 30 An t-Sultain 2010

Chaidh Cunntasan Riaghlaidh airson na ràithe gu 30 An t-Sultain 2010, a dheasaich Mann Judd Gordon, a sgaoileadh agus thugadh fa-near dhaibh.

(d) Dreach de Bhuidseat Riaghaltas na h-Alba

Chaidh aithisg a sgaoileadh le Art MacCarmaig ag innse mun bhuaidh a bhiodh aig an dreach de Bhuidseat Riaghaltas na h-Alba air na buidhnean a tha a' toirt maoineachadh do dh'Fhèisean nan Gàidheal.

Thugadh buill a' Bhùird fa-near don t-suidheachadh agus dh'iarr iad air oifigearan dèiligeadh ri cùis sam bith a thogas ceann thairis air na mìosan ri thighinn.

4.2010.04 CÙISEAN POILEASAIDH

(a) Sgrùdadh Alba Chruthachail air Buidhnean Stèidhichte

Chaidh aithisg a sgaoileadh le Art MacCarmaig ag innse mu sgrùdadh air Buidhnean Stèidhichte (buidhnean a tha a' faighinn maoineachadh rè ùine-fhada) a tha Alba Chruthachail an dùil a chumail thairis air na mìosan ri thighinn.

Tòisichidh an sgrùdadh san Dùbhlachd 2010, agus thèid crìoch a chur air ann an ùine gu leòr gus an urrainnear aontaidhean ùra a chur an sàs leis a' Ghiblean 2012.

3.2010.05 CÙISEAN GNÌOMHAIL

(a) Aithisgean Adhartais Luchd-obrach

Chaidh Aithisgean Adhartais bho luchd-obrach a sgaoileadh agus thug Buill a' Bhùird fa-near dhaibh. Thug an Cathraiche taing don luchd-obrach airson na h-obrach a tha iad a' dèanamh.

(b) Coinneamh Bhliadhnail & Co-labhairt 2011

Thèid a' Choinneamh Bhliadhnail & a' Cho-labhairt airson 2011 a chumail air an deireadh-sheachdain Dihaoine 23/Disathairne 24 Sultain. Chaidh iarraidh air buill àiteachan a mholadh airson a' Cho-labhairt a chumail.

Às dèidh nan còmhraidhean, chaidh aontachadh gur e Sruighlea a b' fheàrr le daoine, agus mura robh Sruighlea freagarrach, Glaschu.

Chaidh aontachadh gum faigheadh Anne Willoughby fiosrachadh mu na h-àiteachan ann an Sruighlea anns am b' urrainnear an tachartas a chumail.

4.2010.06 EILE

(a) Cinn-latha nan coinneamhan ann an 2011

Chaidh na cinn-latha a leanas aontachadh airson coinneamhan ann an 2011:
Diardaoin 17 An Gearran - Inbhir Nis
Diardaoin 26 An Cèitean - Inbhir Nis
Dihaoine 23 An t-Sultain - Aig a' Choinneimh Bhliadhnail/Co-labhairt (Sruighlea 's dòcha)
Diardaoin 8 An Dùbhlachd - Àite ri aontachadh

(b) Coinneamh de Bhuidheann Riaghlaidh Fèisean nan Gàidheal

Chaidh pàipearan a sgaoileadh am measg nam Ball air a' phost-dealain.

Chaidh ceist a thogail co-cheangailte ris na pàipearan bho choinneamh a' Bhuidhinn Riaghlaidh agus an ath cheum le a bhith a' cur am Poileasaidh Gàidhlig againn an gnìomh.

Bha ceisteachan air loidhne air 160 freagairtean fhaighinn agus bha Calum Ailig Mac a' Mhaoilean a' coimhead orra an-dràsta. Bhathar an dùil gum biodh Plana Gàidhlig Pearsanta aig gach neach-teagaisg agus gum biodh cothrom aca air cùrsaichean a bha iomchaidh a rèir nan comasan aca.

Bhathar cuideachd a' coimhead feuch an gabhadh cùrsa a dh'aona-ghnothach a chruthachadh agus chaidh buidheann-gnìomha bheag a chur air chois gus seo a dhèanamh.

Bhathar an dùil gun robh iad a' dol a choinneachadh às dèidh na coinneimh seo, ach b' fheudar dhaibh a cur dheth.

Tha Art MacCarmaig, Catrìona Nic an t-Saoir agus Calum Ailig Mac a' Mhaoilein a' dol a choinneachadh gus bruidhinn air na dòighean anns am faodar seo a thoirt air adhart, agus gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mun obair seo aig an ath choinneimh den Bhòrd Stiùiridh.

Fèisean nan Gàidheal

Minutes of the meeting of the Executive Group held on Thursday 3 February 2011 from 10.15 am via telephone conference

Agenda Item: 1.2011.01 (e)

EX1.2011.11 PRELIMINARIES

(a) Present

Catriona MacIntyre (Fèis Lochabair, Chair), Maggie Cameron (Fèis an Earraich, Vice-Chair), Fiona Johnston (Fèis Fhoirt, Secretary/Treasurer), Calum Alex MacMillan (Fèisean nan Gàidheal Development Manager), Arthur Cormack (Fèisean nan Gàidheal Chief Executive), Anne Willoughby (Fèisean nan Gàidheal Executive Manager), Moreen Pringle (Business Officer).

(b) Apologies

Ann Marie Reid (Highlands & Islands Enterprise) and Ian Smith (Scottish Arts Council).

(c) Minutes of previous Executive Group meeting for approval

Minutes of the meeting held on 19 November 2010 had been circulated and approved.

(d) Matters arising

Re Gaelic Policy : Next Steps it was noted that the proposed meeting of a Focus Group on 2 December had not taken place. Instead Catriona, Arthur and Calum Alex had met to discuss the issues. It was agreed that Calum Alex would prepare a note of this Meeting for issue to the Board.

EX1.2011.02 PROJECT UPDATES

(a) YMI (verbal - Arthur)

All YMI projects were scheduled to be completed by the end of March (except Fèis Rois who would finish mid-April). The budgets were all on target.

It was intended to hold a trial run of YMI music lessons with Eigg and Canna by way of video conferencing via Sabhal Mòr Ostaig. This would cut down on the costs of sending tutors to the small isles. If it works the regular classes would be held by video conference and then tutors would go to the islands occasionally but stay for longer and offer different musical tuition etc.

A YMI CD was going to be produced via the Highland Council. We will record some traditional music groups who are taught via YMI and these will then form part of the CD.

A special YMI Newsletter is being prepared to let everyone know all that is happening through YMI. It is intended have the Newsletter ready by the end of March.

(b) Blas Festival (circulated – Arthur)

A list of the events planned to date had been circulated. These were based on the known funding and would be added to if further funding were identified.

A grant application had been made to the Year of Islands and Arthur was also preparing another application under the Flagship stream.

A new ticketing system via the SECC in Glasgow is also being investigated.

(c) Funding for Cèilidh Trails (verbal – Anne)

Anne advised that a claim to Highland Leader for £26,587 had been submitted and the funding received. Another claim for £15,000 was due to be made before the end of the financial year.

A claim for £8,106 to Argyll Leader was currently being put together.

Fiona Johnston advised that she was in talks with Loch Lomond National Park and they were quite positive about the Cèilidh Trail. Arthur suggested that there might be a possibility of Leader funding being available. It was agreed that Calum Alex would ask Nicola to look into this on their behalf.

(d) Meanbh-chuileag Tour (verbal – Calum Alex)
Calum Alex reported that plans for the Meanbh-chuileag Tour were progressing well. The play was about Wildlife Crime and the script was almost complete. The six-week tour would commence on 21 February and visit 50 School over the course of 6 weeks.

An application for grant had been made to Scottish Natural Heritage and their decision was awaited.

A Teaching Resources Pack would be sent to each School.

Calum Alex agreed to circulate, to the Board, a list of the Schools and the Dates they were being visited.

EX1.2011.03 FINANCIAL ISSUES
(a) Financial Report (circulated - Anne)
A report from the Executive Manager had been circulated.

There were no concerns over the overall financial position with the budgets being on track for the end of the financial year.

(b) Management Accounts to 31 December (circulated - Anne)
The consolidated management accounts to 31 December prepared by Mann Judd Gordon had been circulated. The next instalment of £48,787 from HIE was due shortly with a further £43,904 still to be claimed before the end of the financial year.

There is still a lot of money to be paid out including Grants to Fèisean, YMI payments and funding for the Meanbh-chuileag tour.

(c) Bank Balances and up to date information (verbal - Anne)
The current bank balances were given as follows:

- £6,291.32 in the Current account
- £51,876.57 in the High Interest account
- £1,249.00 in the Blas account

(d) Grants to Fèisean 2010-11 (verbal - Anne)
First payments had been sent out to all Fèisean entitled to them and development officers were aware of the general need to raise additional funding for Fèisean where there were shortfalls. The deadline for claims for Classes and Main Fèis is now 31 March 2011 for both.

Arthur advised that the Development Fund had been limited this year but support had been given to Fèis Lochabair for their Teenage Fèis and grants were due to go, depending on year-end funds, to Fèis Ìle towards a programme of School visits on the island. A start-up grant to Fèis an Iar Thuath had been agreed.

(e) Financial Overview 2011-12 (verbal - Arthur)
At the moment it was known that we would have a reduction in funding from HIE of £10,000 for the year. We are currently not aware of any proposed cuts in the funding from Comhairle nan Eilean Siar and Argyll & Bute Council.

Even if they do advise that they are reducing their funding to Fèisean nan Gàidheal it should be manageable and it was anticipated that Fèisean grants would remain at their current level with any savings being made elsewhere.

EX1.2011.04 POLICY ISSUES
(a) Risk Management Annual Report (circulated – Anne)

Anne and Iona had updated the Risk Register and a report detailing the top 9 risks as agreed by the Board had been circulated. Each risk was summarised and each one had a Management Action Plan attached which details what steps are to be taken, by staff on a day-to-day basis, to manage and mitigate the risk.

The Executive Group noted the Management Actions Plans and agreed to recommend to the full Board that the Risk Management Monitoring Report be approved.

EX1.2011.05 DEVELOPMENT ISSUES

(a) Creative Scotland Bid 2011-12 and Budget (circulated - Arthur)

The funding from Creative Scotland for 2011-12 had been agreed in principle based on SAC obligations. A copy of the Outline Plan and Budget for 2011-12 which Arthur had submitted to Creative Scotland had been circulated. The outcome of our bid should be known in the near future.

(b) Creative Scotland Bid 2012-15 (letter circulated – Arthur)

Arthur advised that a bid to Creative Scotland for funding for the period 2012-15 had been lodged on 31 January. A full copy of the bid will be sent out as part of the Board papers later in the month. Creative Scotland representatives will be arranging to meet with Arthur to discuss our bid towards the end of February. It was hoped that Catriona would be able to attend that meeting.

It is anticipated that a decision on funding will be known by the end of March 2011.

EX1.2011.06 BOARD MEETINGS

(a) Agenda items for forthcoming Board meeting

- Risk Management Report
- Creative Scotland
- Rae MacEachern attending to talk about YMI
- AGM

EX1.2011.07 GENERAL

(a) AOCB (verbal)

Re the AGM Anne advised that the Stirling Management Centre was unavailable in September so we had approached the Dunblane Hydro. They had quoted £6,586 for the weekend event. We have a budget of £10,000 set aside for the AGM.

It was agreed that it would be best to approach the Fèisean first advising that we are proposing to hold the event in Dunblane Hydro and asking them to confirm whether they would be attending. If sufficient numbers confirm that they are able to attend, then we will go ahead with the booking. If not, we will look at an alternative venue.

(b) Submission to BBC Trust: BBC Radio nan Gàidheal (circulated – Arthur)

A copy of the submission, which Arthur had made to the BBC Trust on behalf of Fèisean nan Gàidheal, had been circulated for information.

(c) Date and venue of next meeting

The next meeting is to be held by phone conference on Thursday, 12 May 2011 at 10.15am.

Fèisean nan Gàidheal

Adhartas a-rèir Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 1.2011.02(a)

Adhbhar a' Phàipeir

Airson geàrr-iomradh a thoirt do bhuill a' Bhùird air na gnìomhan ann am pròram obrach na buidhne.

Bun Fhiosrachadh

Tha an aithisg seo a' dèanamh oidhirp air na taisbeanairean coileanaidh – no toraidhean – a ghabhail a-steach, suidhichte mu choinneamh ceumannan taobh a-staigh Plana Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal (FnG) le Alba Chruthachail (AC), Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean (InG), Comhairle na Gàidhealtachd (CnG), Comhairle nan Eilean Siar (CnES), Comhairle Earra Ghàidheal agus Bòid (CEB) agus Bòrd na Gàidhlig (BnG) a thaobh cùmhnantan maoineachaidh fa leth leis na buidhnean sin.

Gus an aithisg a chumail sìmplidh tha sinn air siostam 'DOU' a chleachdadh – Dearg, Òmar & Uaine – agus tha inbhe gach aon dhiubh mar a leanas:
R (Dearg) = Chan eil air-slighe an-dràsta, agus chan eil ceumannan gus adhartas a ghleidheadh ann an àite fhathast. Cunnart gum faodar targaidean a chall; **Ò** (Òmar) = Chan eil air targaid an-dràsta, ach le ceumannan ann an àite gus adhartas a ghleidheadh; **G** (Uaine) = Air targaid.

Àir.	Dleastanas sa Phlana Leasachaidh	An Urra ri	Comharran Coileanaidh/Toraidhean	Adhartas	Ìre
1	**LÌBHRIGEADH SHEIRBHEISEAN**				
1.1		A h-uile duine	A' cumail oirnn a' toirt taic do agus a' leasachadh Fèisean fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach (AC)	Tha obair na buidhne gu lèir ag amas air an seo.	**U**
1.2		Stiùiriche/Bòrd	A' cumail co-dhiù 15 obraichean Ionann is Làn-thìde ann an sgìre HIE (InG)	Tha 13 neach-obrach againn an-dràsta le 11.4 Ionann is Làn-thìde, ach le luchd-teagaisg is cunnradairean, bi tòrr a bharrachd na 15 obraichean Ionann is Làn-thìde.	**U**
		Manaidsear Leasachaidh	Co-dhiù aon neach gu bhith air fastadh tro sgeama nan oileanach no greis gnìomhachais aig Cnag (BnG)	Tha ùidh aig ceathrar ann an greis gnìomhachais.	**U**
1.3	Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean	Ceannard	A' cumail oirnn le Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean (AC)	Sgeama thabhartasan ann.	**U**
				Tabhartasan gam buileachadh mar a chaidh aontachadh.	
		Manaidsear Gnìomha	Taic do co-dhiù deich thar fhichead Fèis air a' Ghàidhealtachd 's sna h-Eileanan gach bliadhna (InG)	Tabhartasan air an tabhann do 45 Fèisean airson 2010-11.	**U**
				Tabhartasan air an tabhann do 35 Fèisean ann an sgìre InG, le 21 ann an sgìrean dùbhlanach.	
		Manaidsear Leasachaidh	A' cumail oirnn a' maoineachadh leasachaidhean ùra tro Mhaoin Leasachaidh nam Fèisean (AC)	Bidh trì pròiseactan a' faotainn taic am-bliadhna bhon sgeama seo.	**U**

			Taic do thrì pròiseactan ùra, innleachdach gach bliadhna tro mhaoin leasachaidh airson Fèisean (InG)	Tha dùil gun tèid seo a choileanadh ann an 2010-11.	
		Manaidsear Leasachaidh	Tabhartasan taice do dh'Fhèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd (CnG)	Tabhartasan air an tabhann do 19 Fèisean ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd.	**U**
			Tabhartasan taice do dh'Fhèisean ann an sgìre Comhairle nan Eilean Siar (CnES)	Tabhartasan air an tabhann do 6 Fèisean ann an sgìre Chomhairle nan Eilean Siar.	
			Tabhartasan taice do dh'Fhèisean ann an sgìre Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB)	Tabhartasan air an tabhann do 7 Fèisean ann an sgìre Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.	
1.4	A' toirt taic do luchd-obrach saor-thoileach	Oifigearan Leasachaidh	A' cumail oirnn le siùil taice ionmholta do dh'Fhèisean fa leth tro bhith a' togail air ar siostam le Oifigearan Leasachaidh, a bheir cothrom do dh'Fhèisean ionadail bruidhinn ri aon neach a dh'innseas mu sheirbheisean Fèisean nan Gàidheal (AC)	Chaidh gach ball den Sgioba Leasachaidh a chomharrachadh mar Prìomh Oifigear airson buidheann de dh'Fhèisean Chaidh coinneamhan measaidh foirmeil a chumail le gach Fèis san t-Samhain, san Dùbhlachd agus san Fhaoilleach ri linn droch shìde.	**U**
		Oifigear Trèanaidh & Poileasaidh/ Oifigear Gàidhlig/ Oifigearan Leasachaidh	A' cruthachadh phoileasaidhean a tha cho furasta 's as urrainn do luchd-obrach saor-thoileach a lìbhrigeadh.	Gach poileasaidh air ùrachadh ann an 2009-10 agus rim faotainn bhon làrach lìn sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.	**U**
				Trèanadh ri fhaotainn mu coileanadh phoileasaidhean nuair a dh'fheumas luchd saor-thoileach a dhol an sàs ann.	
				Tha Clàr Cunnartan ann agus cumaidh a' Bhuidheann Riaghlaidh sùil air sin le aithisg bhliadhnail a' dol mu choinneimh a' Bhùird.	
		Manaidsear Gnìomha/ Oifigearan Leasachaidh/ Oifigear Trèanaidh & Poileasaidh	A' leantainn oirnn leis an sgeama airson Uairean Bliadhnail.	Uairean bliadhnail gan tairgse ann an 2010-11 mar phàirt den tairgse tabhartais, le prìomhachas aig Fèisean as fheàrr a tha a' dèanamh feum de na h-uairean.	**U**
				Cumaidh an Sgioba Leasachaidh orra ag obair gu dlùth ri luchd-obrach air am fastadh fon sgeama agus tha cùnnradh gun fheumadh dhaibh a dhol dhan Fhèis Thrèanaidh.	
			Oifigear Leasachaidh air a chumail sna h-Eileanan Siar (CnES)	Jenna Chuimeineach obair làn-thìde le pàirt-mhaoineachadh bho Chomhairle nan Eilean Siar.	**U**
			Oifigear Leasachaidh air a chumail ann an sgìre Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB)	Cairistìona Nic an t-Saoir obair làn-thìde le pàirt-mhaoineachadh bho Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.	**U**
1.5	A' Cho-labhairt Bhliadhnail	Manaidsear Gnìomha/ Oifigear Ghnothaichean/ Oifigear Trèanaidh	A' cumail Co-labhairt Bhliadhnail (AC)	Chaidh co-labhairt 2010 a cumail san t-Sultain ann an Ulapul far an deach cùisean gu math. Bha Anndra Dixon againn air aoigheachd agus teachdaireachd bhideo bho Fiona Hyslop BPA, Ministear airson Cultair.	**U**
1.6	Àrachas	Manaidsear Gnìomha	Àrachas iomchaidh ann airson Fèisean nan Gàidheal, an luchd-obrach agus obair nam Fèisean.	Àth-sgrùdadh air poileasaidhean agus air an ùrachadh sa Ghearran 2010 le àrachas ùr iomchaidh.	**U**
1.7	Stòras Ionnstramaidean Ciùil	Oifigear Ghnothaichean	A' toirt ionnstramaidean do dh'Fhèisean air iasad	A' leantainn air agus tha an t-seirbheis air a cleachdadh gu tric le Fèisean, tha ionnstramaidean air iasad a' mhòr-chuid den bhliadhna.	**U**
1.8	Fiosrachadh Pearsanta	Neach-tionail Manaidsear Gnìomha	Feumar measadh Disclosure leasaichte a dhèanamh air	Obair leantainneach air a dhèanamh le Sandy Gray agus grunn luchd-obrach a' cur an làmh ris.	**U**

1.8	Fiosrachadh Pearsanta		gach neach-teagaisg is neach-obrach saor-thoileach aig na Fèisean.	Obair leantainneach air a dhèanamh le Sandy Gray agus grunn luchd-obrach a' cur an làmh ris. Thathar a' cumail ag ùrachadh an fhiosrachaidh phearsanta ann ceann gach trì bliadhna.	**U**
			A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach à sàr-mhathas a thaobh Dìon Chloinne agus a' cumail sùil air atharraichean san lagh (AC)	Am poileasaidh air ùrachadh agus fo sgrùdadh fad an t-siubhail agus tha sinn mothachail gu bheil atharrachaidhean gu bhith anns an t-siostam measaidh. Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile.	**U**
1.9	A' cumail Stòr-dàta Luchd-teagaisg nam Fèisean	Oifigear Ghnothaichean	Am fiosrachadh as ùire ri fhaotainn daonnan.	Chaidh stòr-dàta Fèisean nan Gàidheal ùrachadh gu tur, agus bidh cothrom ann am fiosrachadh mu luchd-teagaisg ùrachadh a-rithist ri linn rannsachadh co-cheangailte ris a' Phoileasaidh Ghàidhlig ùir.	**U**
1.10	A' leasachadh, a' sgaoileadh agus a' reic stuthan-foillsichte	Oifigear Ghnothaichean	A' leantainn oirnn a' dèanamh as motha airgead as urrainnear bho reic stuthan-foillsichte	Tha sinn a' reic nas urrainn dhuinn tro Fèisean, bhùithtean, m.s.a.a. Tha bùth a-nis air an làrach-lìn aig http://www.feisean.org/Shop/buth.html.	**U**
1.11	A' cur ri chèile agus a' sgaoileadh naidheachdan is fiosrachadh eile gu cunbhalach	Oifigear Ghnothaichean/ Luchd-obrach uile		Tha *Faileas* air a chur ri chèile a-nis gu cunbhalach agus air a sgaoileadh gu dealanach a-mhàin gus airgead a chùmhnadh. Fiosrachadh mu gach cùis co-cheangailte ris na Fèisean air a sgaoileadh gu cunbhalach – cothroman maoineachaidh, naidheachdan VAN, naidheachdan SCVO, cothroman obrach, tachartasan m.s.a.a.	**U**
1.12	Taic do dh'Fhèisean ùra	Manaidsear Leasachaidh	A' cruthachadh 2 Fhèis ùr sna Sgìrean Dùbhlanach aig InG (InG)	Feumar an amas seo a choileanadh ro 2012. Ghabh sinn ri iarrtas ballrachd bho Fèis an Iar Thuath.	**U**
1.13	Taiceil do leasachadh nam Fèisean, no buidhnean de dh'Fhèisean a tha ag iarraidh a bhith nas neo-eisimeiliche	Ceannard/ Manaidsear Leasachaidh/ Oifigearan Leasachaidh	A' cumail oirnn a' toirt taic do phròiseactan Fèis fa leth mar obair leudachaidh an lùib Fèis Bharraigh, Fèis Spè agus Fèis a' Bhaile (AC)	A' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean Loch Abar, Fèis Spè agus Fèis Bharraigh.	**U**
1.14	Na Fèisean ag obair còmhla	Manaidsear Leasachaidh/ Oifigearan Leasachaidh		Tha maoineachadh airson Fèisean a bhith ag obair còmhla a' tighinn bhon Mhaoin Leasachaidh againn.	**U**
1.15	Pròg ram Trèanaidh Bliadhnail	Oifigear Trèanaidh & Poileasaidh	A' toirt trèanadh do dheich thar fhichead fèis sa bhliadhna agus do co-dhiù trì fichead 's a còig deug luchd-teagaisg agus luchd-eagrachaidh nam Fèisean coimhearsnachd (InG)	Tha dùil ri 60 com-pàirtiche ann am Fèis Trèanaidh sa Mhàrt 2011. Tha dùil ri mu 30 com-pàirtiche airson Ìre I is Ìre II aig SMO sa Ghearan 2011. Bidh Ìre III air a leasachadh agus air a lìbhrigeadh bhon Ghearran 2011 a-mach.	**U**
			Luchd-obrach gu bhith an-sàs ann an co-dhiù ceithir làithean trèanaidh Gàidhlig (BnG)	Tha trèanadh luchd-obrach a' leantainn air mar a dh'fheumar, agus gheibh an sgioba air fad oideachadh mu Ghàidhlig co-dhiù 4 tursan sa bhliadhna. Bheir luchd-obrach nam Fèisean oideachadh do neach-	**U**

				obrach ùr, no ball ùr, sam bith mu obair na buidhne. Tha Moreen Pringle air a bhith gabhail a' chùrsa Ùlpan.	
1.16	A' cruthachadh Lìonra	Ceannard/ Manaidsear Leasachaidh	A' leudachadh, nuair a ghabhas a dhèanamh, cothroman compàirteachais le buidhnean eile ann agus taobh a-muigh saoghal na Gàidhlig, agus a' leantainn oirnn ag obair sna raointean a th' ann a-cheana, Fòram Ciùil Traidiseanta na h-Alba nam measg. (AC)	Cumaidh sinn ar ballrachd air, agus a' cur ri obair an Fhòram Chiùil Thraidiseanta, a tha a-nise na bhuidheann corporraichte le barrachd dhleastanasan. Tha còmhraidhean air a bhith againn le Alba Chruthachail a thaobh cur an-gnìomh na h-aithisg air Ealain Thraidiseanta.	**U**
				Tha an càirdeas obrach againn a' leantainn leis an RSAMD, Sgoil-chiùil a' Phluic agus le buidhnean iomchaidh eile.	
			Ag obair ann an co-bhonn ri buidheann-stiùiridh Ro-innleachd nan Ealan Ghàidhlig agus oifigear Ealain na Gàidhlig gus Ro-innleachd nan Ealan Ghàidhlig ùrachadh agus adhartachadh (BnG).	Bidh sinn fhathast nar ball de buidheann stiùiridh nan Ealan Ghàidhlig, agus bidh sinn a' dol gu na coinneamhan aig Bòrd na Gàidhlig airson nam buidhnean Gàidhlig.	
				Bidh Ceannard Fèisean nan Gàidheal an sàs anns a' Chùrsa airson Ceòl Traidiseanta is Gàidhlig aig SMO bho àm gu àm, agus e a' toirt comhairle do dh'oileanaich mun ghnìomhachas chiùil agus cothroman teagaisg a gheibhear aig na Fèisean is cothroman teagaisg eile.	
1.17	A' tagradh	An luchd-obrach/ An Ceannard ga stiùireadh	Ann an co-bhuinn ri Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus Bòrd na Gàidhlig, bidh FnG a' leantainn orra a' cur gu mòr ri leasachadh ceòl traidiseanta agus nan ealain Gàidhlig ann an Alba (AC).	Bidh sinn a' cur seachad tòrr ùine air obair tagraidh agus leanaidh seo agus thèid a leudachadh ri linn suidheachadh an ionmhais sa fharsaingeachd. Bidh sinn gu tric a' cur freagairtean gu co-chomhairlean a bheir buaidh air ar n-obair; agus ann an dòighean a bheir buaidh air poileasaidhean.	**U**
1.18	Ceanglaichean Eadar-nàiseanta	Ceannard/ Manaidsear Leasachaidh		Tha ceanglaichean leantainneach againn ri Celtic Colours tron fhèis Bhlas.	**U**
1.19	Sanasachd is Margaideachd	Ceannard/ Oifigear Ghnotaichean	A' togail air ìomhaigh nam Fèisean sna meadhanan, le co-dhiù dusan sgeulachd naidheachd ionadail / roinneil, agus trì sgeulachdan naidheachd nàiseanta, agus aon sgeulachd mhòr a bhios air a sgaoileadh feadh Bhreatainn gach bliadhna (InG)	Nochd tòrr sgeulachdan naidheachd mur deidhinn, agus bithear a' cruinneachadh agus a' tasgadh nan sgeulachdan sin gu cunbhalach. Bha naidheachd ann mu na compàirtichean bho na fèisean a nochd air BBC 1 anns a' phròg ram Duaisean a' Chrannchuir Nàiseanta. Bha luchd-ciùil bho na fèisean air pròg raman Bhlas agus iTrad air BBC Alba.	**U**
			Coinneamh fhoirmeil a chur air dòigh le sgioba conaltraidh Bhòrd na Gàidhlig, le sùil ri inbhe na Gàidhlig a thogail am measg na tachartasan / seirbheisean uile gu lèir anns a bheil sibh an sàs (BnG).	Ri chur air dòigh fhathast. Chan eil duine le dleastanas DP aig a' Bhòrd an-dràsta.	
		Ceannard/ Oifigear Ghnothaichean	A' lorg barrachd obair chompàirt leis an roinn choimeirsealta agus seo a' togail air an urrasachd a fhuair Blas, agus cuideachd ag amas air barrachd bathar nam Fèisean a reic (AC).	Feumar tuilleadh a dhèanamh san raon seo, ach tha a' mhòr chuid co-cheangailte ri Blas aig a bheil Comataidh Maoineachaidh saor thoileach. Chaidh cuireadh a thoirt do chompanaidhean a dh'fhaodadh taic a thoirt seachad an ath bhliadhna.	**U**

				Tha stuthan ri fhaighinn tron bhùth air loidhne againn aig www.feisean.org.	U
1.20	Fiosrachadh	Ceannard	Thèid Measadh Buaidh InG a chumail le Steve Westbrook Associates.	Chaidh an aithisg dheireannach fhoillseachadh aig àm na coinneimh bhliadhnail againn.	U
1.21	An Làrach-lìn agus TFC	Oifigear Ghnothaichean/ Gach neach-obrach mar as iomchaidh		Bèo aig www.feisean.org, www.blas-festival.com le làrach ùr www.feisceilidhtrails.org air a chruthachadh airson Cuairtean Cèilidh. Tha susbaint an làraich a' dol am meud, agus luchd-obrach a-nis air an trèanadh as ùir ann an Sitekit agus iad comasach air susbaint a chur ris an làrach.	U
2	**LEASACHAIDHEAN ÙRA**				
2.1	Ag ullachadh Poileasaidh Gàidhlig do dh'Fhèisean nan Gàidheal, a thèid a ghabhail os làimh le ballrachd na buidhne	Oifigear Gàidhlig	A' leasachadh agus leudachadh chothroman air cànan agus cultar na Gàidhlig tro lìbhrigeadh Poileasaidh Gàidhlig agus cur air adhart tachartasan dràma Gàidhlig mar Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig agus cuairtean le Meanbh-Chuileag a' bhuidheann–dràma-oideachaidh. (AC)	Thathar a' cumail air a' cur planaichean Gàidhlig a-steach gu Fèisean nan Gàidheal le ùrachaidhean gach bliadhna, agus mar phàirt den choinneimh mheasaidh bhliadhnail le gach Fèis, bruidhinnear mu chùisean Gàidhlig. Chaidh aontachadh ri Poileasaidh Gàidhlig ùr a chaidh a sgaoileadh gu gach Fèis, le stiùireadh na chois.	U
			Fèisean nan Gàidheal a' cumail taic ri co-dhiù 20 duine gus Gàidhlig ionnsachadh. (BnG)	Bidh taic air a thairgse dhan fheadhainn a tha airidh tron rannsachadh a tha sinn a' dèanamh le molaidhean a' thàinig air adhart san t-Sultain agus bho mholaidhean den buidheann obrach a sheall ri dè ghabhas dèanadh san Dùbhlachd. Bheir an Sgioba Gàidhlig againn an taic as motha as urrainn dhaibh gus barrachd chleachdaidh a bhrosnachadh.	U
			Lethbhreac de shanasan naidheachd agus sanasan tachartasan air fad a chur air adhart gu mygaelic.com agus Bòrd na Gàidhlig. (BnG)	Tha sinn air buidheann a chur air dòigh air mygaelic agus bidh sinn a' cur sanasan naidheachd dhan sgioba gu cunbhalach.	U
2.2	A' cruthachadh Sgioba Leasachaidh Gàidhlig	Oifigear Gàidhlig	Leantainn le bhith a' cur Poileasaidh Gàidhlig Fèisean nan Gàidheal an gnìomh agus seirbheis taic Gàidhlig a thoirt seachad do na fèisean air fad tro luchd-obrach agus pròiseactan sònraichte a-rèir an iarrtais. (BnG)	Tha an Sgioba-G againn a' cumail orra a' cuideachadh Fhèisean le bhith cur an gnìomh a' Phoileasaidh Ghàidhlig, tro phròg raman obrach mu choinneimh feumalachdan dhaoine, nuair a dh'iarrar, ag amas air ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig. A' dèanamh cinnteach gu bheil gach Fèis a' cleachdadh stuthan gu tur dà-chànanach, agus seo na chùmhnant den tabhartas. Thèid bruidhinn air an seo còmhla ri gach Fèis aig na coinneamhan measaidh.	U
2.3	A' cruthachadh shiùil gus am Poileasaidh Gàidhlig a chur an gnìomh taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal.	Oifigear Gàidhlig/ Oifigearan Leasachaidh/ Oifigear Trèanaidh & Poileasaidh	Obair rannsachaidh ri dhèanamh am measg luchd-teagaisg nam Fèisean, luchd-frithealaidh nam Fèisean agus pàrantan, gus dealbh nas soilleire air an comasan labhairt sa Ghàidhlig. Cuideachd, agus faighinn a-mach cia mheud a tha ag iarraidh Gàidhlig ionnsachadh. (BnG)	Chaidh ceisteachan timcheall air luchd-teagaisg nam fèisean airson toiseach tòiseachaidh air an fhiosrachadh seo a thional agus slat-tomhais a thoirt dhuinn air soirbheas na h-iomairt. Tha na freagairtean air an cruinneachadh.	U
			Ag obair ann an co-bhonn ri buidhnean eile gus	Tha tòrr fiosrachaidh air làrach-lìn ùr Blas mu	U

			fiosrachadh a sgaoileadh air cothroman a' Ghàidhlig ionnsachadh agus a chleachdadh, aig tachartasan agus air làrach-lìn na buidhne. (BnG)	chothroman ionnsachaidh. Bidh a h-uile duine a bhios a' frithealadh Blas a' faighinn cairt abairtean le fiosrachadh mu ionnsachadh. Tha tuilleadh ri dhèanamh.	
2.4	A' cruthachadh Fhèisean a tha tro mheadhan na Gàidhlig a-mhàin agus teagasg airson teaghlaichean tro mheadhan na Gàidhlig aig Fèisean a stèidheachadh.	Ceannard/ Oifigear Gàidhlig	Barrachd Fhèisean tro mheadhan na Gàidhlig agus cothroman do phàrantan a bhith ag obrachadh còmhla ris an cuid chloinne ann an Gàidhlig.	Tha 6 Fèisean tro mheadhan na Gàidhlig ann a-nis le barrachd teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig aig Fèisean nach eil gu tur tro mheadhan na Gàidhlig. Tha Fèisean nan Gàidheal ag amas air Fèisean a bhiodh freagarrach do theaghlaichean a chruthachadh, no cothroman a thoirt dhaibh aig Fèisean stèidhichte. Bha cothroman ionnsachadh airson teaghlaichean aig Fèis Eilean an Fhraoich.	**U**
		Manaidsear Leasachaidh/ Bòrd	A' dèanamh cinnteach à dealas don Ghàidhlig am measg Fhèisean ùra	Chan fhaighear ballrachd mar Fhèis ùr mural h-eilear air dealas a shealltainn don Ghàidhlig. Tha an Fhèis ùr ann an Taobh an Iar Chataibh gu math adhartach a thaobh cleachdadh na Gàidhlig. Feumaidh am Bòrd a-nis aontachadh ri buill ùra gus dèanamh cinnteach gu bheil dealas aca don Ghàidhlig.	**U**
2.5	A' leasachadh Dràma Gàidhlig	Oifigear Dràma	A' cumail oirnn a' lìbhrigeadh sreath de Fhèisean dràma Gàidhlig (AC) A' cumail taic ri co-dhiù 80 bùth-obrach dràma ann an coimhearsnachdan air feadh Alba. (BnG)	Chaidh obair a dhèanamh ann an còig sgìrean Iomairtean Gàidhlig le dealbh-cluiche ùra air an craobh-sgaoileadh air a' phròg ram *Aileag* air BBC Radio nan Gàidheal	**U**
			A' cumail Sgoil Shamhraidh Dràma Gàidhlig agus ag obair a dh'ionnsaigh aonta le MG ALBA airson tuilleadh leasachaidh proifeiseanta do dhaoine a nì an cùrsa (InG) Sgoil Shamhraidh Dràma 2010 air a chumail, le co-dhiù 17 oileanach le Gàidhlig a' gabhail pàirt agus 100 san luchd-èisteachd aig an taisbeanadh mu dheireadh (BnG)	Bha Sgoil Shamhraidh na bliadhna-sa gu math soirbheachail, le 18 clàraichte mar thà. Tha còmhraidhean le MG Alba gun toradh fhathast ach tha iad a-nise a' nochdadh aig coinneamh den NGAS.	**U**
			Ag obair ann an co-bhonn ri sgìrean Iomairt Cànain, ag amas a bhith an sàs le co-dhiù 1 phròiseact ùr anns gach sgìre. (BnG)	Thèid pròiseactan dràma eile a chur air dòigh ann an sgìrean Iomairtean Gàidhlig ann an 2011.	**U**
			Bidh cuairt sgoiltean le Meanbh-Chuileag ann ma bhios maoin ann a cheadaicheas dhuinn a dhol air adhart.	Dh'aontaich Bòrd na Gàidhlig ri iarrtas airson cuairt sa gheamhradh/tràth san fhoghar.	**U**
2.6	Taic a' leantainn do Chuairtean Cèilidh nam Fèisean	Prìomh agus Oifigearan Leasachaidh eile	Ann am compàirt ri Fèisean, a' leantainn oirnn le taic do Chuairtean Cèilidh (AC)	Fhuair còig Cuairtean Cèilidh taic tro mhìosan an t-samhraidh 2010.	**U**
		Prìomh Oifigear Leasachaidh	A' leudachadh agus a' neartachadh Chuairtean Cèilidh nam Fèisean, an lùib seo bithear a' co-òrdanachadh agus a' dèanamh sanasachd air an iomairt gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta agus mar a tha i a' cur ri turasachd chultarach (InG)	Chaidh sanasachd is prògraman nan cuairtean a leasachadh tro phròiseact a tha a' faighinn taic nach beag bho LEADER fad trì bliadhna.	**U**
2.7	A' brosnachadh Fhèisean ionadail a bhith a' tasgadh stuthan a ghabhadh a chleachdadh airson teagasg san sgìre aca	Oifigear Trèanaidh	A' co-òrdanachadh co-dhiù sia pròiseactan dualchais ionadail le muinntir Fèis na sgìre air an ceann, agus seo a' toirt dhuinn stòrais air-loidhne a bhios an-asgaidh	Tha an obair gu ruige seo air a bhith aig àrd ìre. Chaidh leabhraichean fhoillseachadh le obair phròiseict bho Fèis a' Bhealaich, Fèis air an Oir, Fèis Cheann Loch	**U**

2.7		Oifigear Trèanaidh	(InG).	Goibhle, Fèis a' Bhaile, Fèis na h-Òige, Fèis Loch Abar agus Fèis nan Garbh Chrìochan.	**U**
				Cha do shoirbhich leinn le tagradh airson maoineachaidh eile bho Maoin Dualchais a' Chrannchuir aig an ìre a bha sinn a' sireadh ach bidh cothrom eile ann tagradh a chur ri chèile airson suim nas lugha. Tha Bòrd na Gàidhlig air taic a ghealltainn cuideachd.	**Ò**
2.8	Buidheann Leasachaidh Ro-innleachdail nan Ealain Gàidhlig	Ceannard Oifigear Trèanaidh & Poileasaidh	An sàs ann a bhith a' lìbhrigeadh Ro-innleachd Nàiseanta nan Ealain Gàidhlig mar phàirt de Phlana Nàiseanta na Gàidhlig agus a' toirt taic do dhreuchd an Oifigeir Ealain a tha SAC/BnG a' moladh (AC)	Bidh sinne a' chumail taic cho mòr 's as urrainn dhuinn le cur an gnìomh an ro-innleachd.	**U**
2.9	Fòram Ciùil Traidiseanta	Ceannard	Develop training provision and professional development, open to everyone involved in promoting, organising and participating in Fèisean, and to other organisations involved in traditional music development and delivery (AC)	Tha Fèisean nan Gàidheal aon den bheagan bhuidhnean a tha a' tabhann cothroman trèanaidh is leasachaidh proifeiseanta do luchd-teagaisg. Ged a tha iad ag amas air na Fèisean, faodaidh neach sam bith a dhol an sàs annta agus bidh luchd-teagaisg nach eil an sàs sna Fèisean a' dèanamh sin. Tro Fhèis Alba bidh sinn a' leasachadh nan sgilean cluiche/seinn agus eagrachaidh aig luchd-ciùil òga. Tro ar Sgoil Shamhraidh Dràma, bidh daoine òga ag ionnsachadh sgilean ealain is teicnigeach. Agus tro ar Fèis Trèanaidh, bidh luchd saor-thoileach ag ionnsachadh sgilean ann an diofar raointean.	**U**
2.10	Cruthachadh òrain ùr Gàidhlig	Manaidsear Leasachaidh	A' clàradh, a' dèanamh margaideachd air agus a' reic CD le ceòl traidiseanta is seinn Ghàidhlig tro iomairt nam Fèisean airson sgrìobhadh òrain (InG)	Tha còmhraidhean air tòiseachadh airson dèanamh cinnteach gun tèid am pròiseact seo a lìbhrigeadh ro 2012 a-rèir ar cùmhnant le InG. Bha sgrìobhadh òrain na phàirt de dh'Fhèis Alba am-bliadhna agus de na Cèilidhean air Chuairt. Chaidh òrain ùr a sgrìobhadh le Eilidh NicChoinnich mar phàirt den phròiseact ùr aig Blas 2010, *Saoghal Sona* agus thug sinn taic do Raonaid Walker pàirt a ghabhail ann an Liet 2010.	**U**
2.11	Leasachadh Bùird	Ceannard/Bòrd le taic-airgid bho InG	A' toirt sùil air dleastanasan, obair is èifeachd Bòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal, ro 31 an Dùbhlachd 2010 (InG)	Thèid seo a chur air dòigh le InG anns a' bhliadhna ionmhais 2010-11.	**U**
	Bidh Fèis na h-Òige a' ruith Fèis Pìobaireachd a-rithist am bliadhna seo às dèidh tachartas sònraichte ann an 2010. Bidh Fèis a' Chaolais a' leasachadh am pròg ram aca le bùthan-obrach ann an ealain, seiseanan obair-bhuidhne agus clasaichean Gàidhlig airson inbhich. Bidh Fèis an Iar Thuath a' cur air dòigh clas Gàidhlig airson inbhich cuideachd mar pàirt de na chiad deireadh-seachdain aca. Mar pàirt den prìomh fhèis aca, bidh Fèis Inbhir Narainn a' cur air adhart seiseanan Gàidhlig airson a h-uile duine ag an fheis. Bidh Fèis na h-Oige a' ruith dà chlas ùr, feadan agus meur-clar, airson clann aig a bhun-sgoil, le taic bho luchd-teagaisg òg le Gàidhlig.
2.6	**Ann am compàirt ri Fèisean, a' leantainn oirnn le taic do Chuairtean Cèilidh**
	Tha mi air a' bhith ag obair còmhla ri Anne airson airgead fhaighinn bho LEADER na Gaidhealtach airson an pròiseact Slighean Ura agus rinn mi mòran obair le LEADER Earra-gaidheal airson adhartas a' dhèanamh air a pròiseact. Bidh mi ag obair leis an sgioba leasachaidh anns na mìosan a tha tighinn airson planaichean a cur dòigh airson am bliadhna seo.
2.6	**A' leudachadh agus a' neartachadh Chuairtean Cèilidh nam Fèisean, an lùib seo bithear a' co-òrdanachadh agus a' dèanamh sanasachd air an iomairt gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta agus mar a tha i a' cur ri turasachd chultarach**
	Bha na Cèilidhean air Chuairt a sàs ann an Cèilidhean Naomh Anndra agus chòrd na compàirtichean an cothrom a' bhith còmhla a-rithist.

2.10	**A' clàradh, a' dèanamh margaideachd air agus a' reic CD le ceòl traidiseanta is seinn Ghàidhlig tro iomairt nam Fèisean airson sgrìobhadh òrain**
	Cha d'fhuair mi cothrom airson am pròiseact seo a' leasachadh, ach tha uidh agam fhathast anns a phròiseact agus bidh mi ag obair le Calum Alex airson cothroman fhaighinn.
2.13	**A' frithealadh air deugairean sna Fèisean**
	Ged is e na Cèilidhean air Chuairt am prìomh seirbhis aig Fèisean an Gàidheal, airson Deugairean, bidh mòran de na Fèisean a' leasachadh cur-seachadan airson na deugairean aca. Bidh Fèis Chataibh, Fèis a' Bhaile agus Fèis Spè uile a cur air dòigh deireadh-seachdain, obair-buidhne airson deugairean am mìos seo. Bidh clas obair-buidhne airson deugairean aig Fèis Inbhir Narainn a-nis agus bidh Fèis na h-Òige a' leantainn leis an còmhlan-seinn Canntaireachd.
3.6	**A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a nì sanasachd air ar n-obair**
	Bha na Cèilidhean air Chuairt an sàs ann an sreath de cèilidhean ùr airson Oidhche Naomh Anndra anns an t-Samhain. Chomharraich Fèis Rois an co-là breith aca le consairt sònraichte aig Celtic Connections le com-pàirtichean bho an Chuairt Ceilidh am bliadhna seo agus com-pàirtichean bho na bliadhnaichean a' chiad seachad. Mar a thuairt mi nas tràithe, bidh Fèis Spè a' chomharrachadh 21 bliadhnaichean cuideachd, le consairt mor mar phairt den fheis aca anns an Damhair.
3.8	**Leasachadh Blas – A' togail bratach na Gàidhealtachd**
	Tha mi fhathast a' riochdachadh nam Fèisean aig coinneamhan Blas.

Luchd-obrach	**Iona NicDhòmhnaill**
Dleastanas	**Oifigear Treànaidh agus Poileasaidh**
Ùine	**An Dùbhlachd 2010 – An Gearran 2011**

Section	**1 Progress on Fèisean nan Gàidheal Targets for which responsible**
Target No.	**Target** Progress Narrative
1.4	**A' toirt taic do luchd-obrach saor-thoileach: A' cruthachadh phoileasaidhean a tha cho furasta 's as urrainn do luchd obrach saor-thoileach a lìbhrigeadh.** Chaidh ùrachadh air na poileasaidhean agus an clàr-chunnairt anns an Fhaoilleach 2011.
1.5	**A' Cho-labhairt Bhliadhnail** Chaidh cùisean gu math leis an seo.
1.15	**Pròram Trèanaidh Bliadhnail: A toirt trèanadh do 30 fèis sa bhliadhna agus co-dhiù 75 luchd-teagaisg agus luchd eagrachaidh nam fèisean.** Fèis Trèanaidh gu bhith anns a' Ghearasdan (12/13 Am Màrt 2011). Trèanadh Luchd-Teagaisg – 26/27 An Gearran 2011, Sabhal Mòr Ostaig le Ire 3. Tha Trèanadh Luchd-teagaisg làn (30) agus a riochdachadh 9 fèisean, agus tha ainmean a' tighinn a-staigh airson FT11. Tha a h-uile coltas ann gun tèid na targaidean a ruigsinn.
1.15	**Luchd obrach gu bhith an-sàs ann an co-dhiù ceithir làithean trèanaidh Gàidhlig (BnG)** A' leantainn air adhart. Duilich làithean a chomharrachadh a tha freagarrach dhan a h-uile duine (a' coimhead air làithean do dhiofar ìrean an-dràsta).
2	**Leasachaidhean Ùra**
2.3	**A' cruthachadh shiùil gus am Poileasaidh Gàidhlig a chur an gnìomh taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal** A' cuideachadh na h-oifigearan eile gus seo a thoirt gu buil.

2.7	**A' brosnachadh Fhèisean ionadail a bhith a' tasgadh stuthan a ghabhadh a chleachdadh airson teagasg san sgìre aca. 6 pròiseactan dualchais ionadail le muinntir Fèis na sgìre air an ceann, agus seo a' toirt dhuinn stòrais air-loidhne a bhios an asgaidh. (InG)** Beachdan ri chur gu feum a rèir airgid – eg leabhar còcaireachd, a tha a' gabhail a-staigh eachdraidh ionadail, eachdraidh shòisealta, bho dhiofar sgìrean.
2.8	**Buidheann Leasachaidh Ro-innleachdail nan Ealain Gàidhlig: An sàs ann a bhith a' lìbhrigeadh Ro-innleachd Nàiseanta nan Ealain Gàidhlig mar phàirt de Phlana Nàiseanta na Gàidhlig agus a' toirt taic do dhreuchd an Oifigeir Ealain a tha SAC/BnG a' moladh (CEA)** A' cur taic ris a rèir feum
3	**Cùmhnantan Com-Pàirtichidh**
3.4	**Obair eile ann an roinn fhoirmeil an fhoghlaim** An-sàs gu foirmeil ann a bhith teagasg air mòdalan aig Sabhal Mòr Ostaig (A' teagaisg chiùil 1), agus a bhith a' toirt seachad cùrsa trèanadh fa-leth do sgoilearan ciùil Àrd Sgoil a' Phluic. Chaidh iarrtas a-staigh gu iDiscover, sgeama a tha a' brosnachadh ionnsachadh neo-àbhaisteach anns na sgoiltean, airson programan bho Fèisean nan Gàidheal. Cha do shoirbhich leis.
3.7	**Sgeama Bursaraidhean Ciùil: Pròram de bhursaraidhean a lìbhrigeadh taobh a-staigh sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd mar phàirt de Phròram Ealan na Gàidhealtachd (CnG)** Foirm iarrtais agus notaichean stiùiridh shuas air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal http://www.feisean.org/Projects/Music-Bursaries-GD.htm Bha 47 iarrtasan eadar a dhà roinn, agus tha feadhainn deiseil mar-thà, agus cuid aca fhathast ri crìochnachadh. Fhuaras iarrtasan bho dhiofar raointean ciùil, a bharrachd air ceòl traidiseanta, leithid indie agus thrash metal. B'e obair gu math tlachdmhor a bh' ann, a bhith dèiligeadh riutha.
Eile	**Leudachadh/leasachadh Ìre 3 airson luchd-teagaisg** Ire 3 gu bhith air a thoirt seachad aig SMO am bliadhna (26/27 An Gearran), a bharrachd air Ire 1 agus 2. Cha ghabhar ach 5near air a' chùrsa gach bliadhna.
	Airgead ùr a thogail – 2 iarratas a chur a-staigh gu buidhnean maoineachaidh sa bhliadhna airson cothroman trèanaidh a thoirt air adhart Ciad iarratas gu SAC/YMI airson trèanadh luchd-teagaisg – soirbheachail (£4450) Iarratas gu Soillse – soirbheachail (£3000) Pàighidh SMO £300 airson pàirt a ghabhail sa mhòdal oilthigh aca Pàighidh Àrd-sgoil a' Pluic £300 a bharrachd air na cosgaisean airson an cùrsa aca (ma thig e gu bith)
	Lean air adhart le Pròram Trèanaidh san-taigh, a' cumail sùil air buidseat Leantainneach. "Ag obair air an Làrach-lìn" le Heckie Cormack, Port Rìgh, 24/08/10.
	Cuir crìoch air gach ullachadh co-cheangailte ri Fèis Trèanaidh 2011 agus fiosrachadh a sgaoileadh (dreach ri bhi deiseil 31.10.10) Tha seo shuas air an làrach-lìn, aig http://www.feisean.org/Projects/treanadh.html
	Dleastanasan a bharrachd: Celtic Neighbours – Tha an iomairt seo air a ruith bhon A' Chuimrigh, agus tha planaichean eadar-nàiseanta aca airson nàbaidhean Ceilteach a thoirt còmhla air phròiseactan a tha iomchaidh eadar na Ceiltich. Tha mi air a' bhòrd-stiùiridh. Dh'fhaodadh seo a bhith freagarrach fo **1.18 Ceangalaichean Eadar-nàiseanta**. Ghabh buidheann-chiùil "Tìr" pàirt aig Celtic Connections (agus chaidh an clàradh airson "Hero Gheallaidh" le MacTV), agus bha an taisbeanadh lèirsinneach a' crochadh an sin. Tha CN air a bhith bruidhinn riumsa agus ri Dougie Beck mu dheidhinn pròiseact iomadh-fhìllte le ceòl, dràma agus cànan, stèidhichte air Am Mabinogion (uirsgeul Chuimris, le eileamaidean Albannach.

Luchd-obrach	**Moreen Pringle**
Dleastanas	**Oifigear Ghnothaichean**
Ùine	**An Dùbhlachd 2010 – an Gearran 2011**

Adhartas a thaobh buileachadh pròg̀ram obrach Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**Targaid** Adhartas
1	**Lìbhrigeadh Sheirbheisean**
1.5	**Cùm Co-labhairt Bhliadhnail (Targaid CEA)**
	Bidh an Co-labhairt Bhliadhnail 2011 air ann An t-Sultain.
1.7	**Iasad cunbhalach de dh' ionnstramaidean do dh'Fhèisean**
	Leantainneach agus air a dheagh chleachdadh fad an t-shiubhal aig na Fèisean. Tha iarrtas a' toirt bàrr air solarachadh ann an Ionnstramaidean Fèise a tha a-muigh a' mhòr-chuid den bhliadhna. Tha an mòr cuid dh' ionnstramaidean a bha anns an oifis air à' dol a-mach gu Fèis Rois, Fèis Ghallaibh, Fèis Farr, Fèis Gleann Albainn, Fèis an Iar-Thuath agus Fèis Inbhir Narainn.
	Tha an àireamh de Fhèisean a-nis a' cur feum air ionnstramaidean air cothroman gus fastadh ri daoine fa leth a lùghdachadh. Tha iarrtais air ionnstramaidean ciùil doirbh ro-innse airson gu bheil ionnstramaidean eadar dhealaichte a dhith bho bhliadhna gu bliadhna. Bho cionn goirid tha sin air cùmhnantan ùr a cur a-mach airson 6 Fhidheall agus 3 Bogsa-ciùil. Gu h-iomlan, tha cùmhnantan a-mach airson: 26 Clàrsaich, 14 Fhidheall, 2 Phìob Beag agus 16 Bogsa-ciùil
1.9	**Dàta, a thathar ag ùrachadh gu tric, ri fhaotainn an còmhnaidh**
	Rinn mi mòran obair ag ùrachadh an stòr-dàta agus tha seo leantainneach.
1.10	**Leasachadh, Sgaoileadh agus reic foillseachaidhean**
	Tha am bùth air an Làrach-Lìn fosgailte airson leabhraichean a' cheannach.
1.11	**Dèanamh agus Sgaoileadh Naidheachdan Cunbhalach agus Fiosrachadh Eile**
	Chaidh Faileas air an Làrach-Lìn deireadh An Dùbhlachd agus tha sin a deisealachadh fear eile airson Am Màrt.
1.19	**Àrdaich agus tog ìomhaigh Iomairt nam Fèisean agus a soirbheachais le dusan pìosan de chòmhdach ionadail/roinneil, trì Pìosan de Chòmhdach nàiseanta agus aon sgeulachd mhòr a bhios air a sgaoileadh feadh Bhreatainn gach bliadhna (Targaid IGE)**
	Tha pìosan de chòmhdach ionadail a' dol a mach. Tha mi ag obair còmhla ri oifigearan leasachaidh nam Fèisean agus tha sin à' dèanamh adhartas.
	Dèan sgrùdadh air com-pàirteachasan nas motha leis an earrainn choimeirsealta agus cuideachd ag amas air barrachd bather nam Fèisean a reic (Targaid CEA)
	Tha mi gu bhith ag obair còmhla ri oifigearan leasachaidh nam Fèisean.
1.21	**Làrach-lìn agus Teicneolas Fiosrachaidh agus Conaltraidh (TFC)**
	Tha Làrach-lìn www.feisean.org ga ùrachadh gu cunbhalach.

Luchd-obrach	**Dougie Beck**
Dleastanas	**Oifigear Dràma**
Ùine	**An Dùbhlachd 2010 – an Gearran 2011**

Adhartas a thaobh buileachadh pròg̀ram obrach Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**Targaid** Adhartas
1	**Lìbhrigeadh Sheirbheisean**
1.1	**A' cumail oirnn a' toirt taic do agus a' leasachadh Fhèisean fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach (CEA)**
	Bidh mi gu tric a' toirt taic do na Fèisean a thaobh eadar-theangachadh, deasachadh agus dealbhachadh.

	Tha mi cuideachd an sàs gu mòr ann an deasachadh mu choinneamh obair Sgioba-G aig na Fèisean. Tha mi air a bhith an sàs ann a bhith a' deasachadh leabhar-taice Gàidhlig ùr do dh'Fhèis Rois. Tha an obair againn mu choinneamh seo a-nise deiseil.
1.16	**A' leudachadh, nuair a ghabhas a dhèanamh, cothroman compàirteachais le buidhnean eile ann agus taobh a-muigh saoghal na Gàidhlig, agus a' leantainn oirnn ag obair sna raointean a th' ann a-cheana, Fòram Ciùil Traidiseanta na h-Alba nam measg (CEA)**
	Chaidh latha a chur seachad ag obair aig Ionad Bhlàr Chùil Lodair às leth Urras Nàiseanta na h-Alba sa Chèitean, a' toirt clann timcheall an Ionaid tro mheadhan na Gàidhlig. Tha sinn an dùil ceangal maireannach a chur air dòigh agus tuilleadh làithean mar seo a dhèanamh. Bidh sinn a' dèanamh latha eile den t-seòrsa seo do Bhun-sgoil Rockfield (an t-Òban) sa Ghiblean. Tha an ceangal leis a' BhBC a' leantainn, agus tha tha sinn air ceangal ath-bheothachadh le Eden Court. Eadar Samhain agus Faoilleach bha mi an sàs ann an obair ann am bun-sgoiltean air feadh Earra Ghàidheal is Loch Abar 's mi a' dèanamh bhùthan-obrach mu choinneamh chlàraidhean rèidio, fhad 's a bha Aonghas agus Ruairidh MacNeacail (Eden Court) ag obair air an aon seòrsa pròiseact ann an Ros, Cataibh, Inbhir Nis, Bàideanach agus Inbhir Narann. Thadhail mi air BBC Radio nan Gàidheal ann an Steòrnabhagh is fhuair mi treànadh ann an clàradh fuaim, is fhuair mi iasad de dh'innealan clàradh. Às dèidh seo chlàraich mi na dealbhan-cluiche air an robh mi ag obair. Chaidh am BBC mun cuairt cuid de sgoiltean Aonghais is Ruairidh, agus 's e Aonghas fhèin a rinn an clàradh ann an cuid de na sgoiltean san robh esan ag obair. Fhuair sinn comhairle bho Dhualchas Nàdair na h-Alba a thaobh cuspair dealbh-cluiche Mheanbh-chuileag 2011. 'S ann air eucoir an aghaidh fhiadh-bheathaichean a bhios cuspair na bliadhna sa stèidhichte.
1.21	**An Làrach-lìn agus TFC**
	Bidh mi a' cur ris an làrach-lìn mar a tha iomchaidh
2	**Leasachaidhean Ùra**
2.5	**A' cumail oirnn a' lìbhrigeadh sreath de Fhèisean dràma Gàidhlig (CEA)**
	Mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd, Bha sinn ag obair ann an sgoiltean air pròiseact dràma airson rèidio, an co-bhonn le BBC Radio nan Gàidheal agus Eden Court. Bha mi fhìn ag obair ann an bun-sgoiltean Thiriodh, Bhogha Mòr, Thaigh a' Chladaich, Rockfield, an t-Sàlein agus Bun-sgoil Ghàidhlig a' Ghearasdain. Bha am pròiseact cha mhòr deiseil ron Nollaig, agus 's e toradh a' phròiseict seachd dealbhan-cluiche ùra Gàidhlig a thèid a chraoladh leis a' BhBC a dh'aithghearr. Bha Aonghas agus Ruairidh MacNeacail ag obair ann an sgoiltean Gàidhlig air feadh ceann a tuath na Gàidhealtachd air an aon seòrsa pròiseact, agus bidh an obair seo deiseil a dh'aithghearr. Thàinig pròiseact Earra Ghàidheal is Loch Abar 2010 gu crìch san Ògmhios ann an Àth Tharracaill le feasgar de dhealbhan-cluiche Gàidhlig bho sgoiltean bho air feadh na sgìre. Thòisich mi air pròiseact na bliadhna sa san Fhaoilleach, agus bidh e a' tighinn gu crìch san Òban 29 Màrt. Tha BnaG air aontachadh airgead a thoirt dhuinn airson pròiseact ann am bun-sgoiltean Beurla a bheir cothrom do chloinn beagan Gàidhlig ionnsachadh thairis air grunn seachdainean. Tha sinn air cead fhaighinn am pròg ram seo a shìneadh a-mach gu deireadh an Ògmhios, agus bidh sinn a' tòiseachadh air às dèidh saor-làithean na Càisge.
	A' cumail taic ri co-dhiù 80 bùth-obrach dràma ann an coimhearsnachdan air feadh Alba (BnG)
	Faic gu h-àrd. Bidh sinn a' ruighinn na targaid seo tron obair dhràma againn.

	A’ cumail Sgoil Shamhraidh Dràma Gàidhlig agus ag obair a dh’ionnsaigh aonta le MG ALBA airson tuilleadh leasachaidh proifeiseanta do dhaoine a nì an cùrsa (InG)
	Tha sinn air cuid den luchd-teagaisg, an ostail agus a' bhun-sgoil a chur air dòigh mar-thà. Bidh SSD2011 a' ruith fad 13 làithean, seach 12 latha mar a bha i air bliadhnaichean eile. Tha a h-uile coltas ann gun tèid an oidhche thaisbeanaidh a chumail ann an Tròdairnis am-bliadhna, agus gum bi seo a' tachairt ann an co-bhonn ri Fèis Alba. Tha na foirmean-iarrtais a' dol a-mach an-dràsta fhèin. Cha do bhruidhinn mi ri MG Alba fhathast. Tha Brian Ó hEadhra air a ràdh gum bi esan deònach coinneamh a chur air dòigh le MG Alba. Tha mi an dùil gun tachair seo ron Mhàrt.
	Sgoil Shamhraidh Dràma 2010 air a chumail, le co-dhiù 17 oileanach le Gàidhlig a’ gabhail pàirt agus 100 san luchd-èisteachd aig an taisbeanadh mu dheireadh (BnG)
	Bha SSD2010 a cheart cho soirbheachail ri bliadhnaichean eile, le 17, aois 14 gu 16, a' gabhail pàirt. A dh'aindeoin na sanasachd a rinneadh ro-làimh, cha tàinig ach mu 40 a choimhead na h-oidhche thaisbeanaidh. Airson SSD2011 bidh sinn a' coimhead air na leanas: • chan eil sinn a' faighinn iarrtasan bho Leòdhas no na Hearadh • tha an luchd-teagaisg ag iarraidh gum bi an Sgoil nas fhaide • 's dòcha gum feum sinn taisbeanadh na h-oidhche mu dheireadh a ghluasad gu àiteigin eile gus barrachd a thàladh ann
	Ag obair ann an co-bhonn ri sgìrean Iomairt Cànain, ag amas a bhith an sàs le co-dhiù 1 phròiseact ùr anns gach sgìre (BnG)
	Leantainneach. Tha sinn a' beachdachadh air diofar rudan airson seo a choileanadh, nam measg obair ann an àrd-sgoiltean a thaobh dràma. Tha sinn a' faicinn nam pròiseactan rèidio mar deagh dhòigh gus ùidh dheugairean a thogail sa chànan. Bidh mi an sàs ann an latha Gàidhlig ann am Bun-sgoil Chaitligeach a' Ghearasdain nas fhaide air adhart air a' mhios seo.
	Bidh cuairt sgoiltean le Meanbh-Chuileag ann ma bhios maoin ann a cheadaicheas dhuinn a dhol air adhart
	Bidh Meanbh-chuileag, le Aonghas agus Sean MacLeòid mar chleasaichean, air an rathad airson còig seachdainean a dh'aithghearr le dealbh-cluiche a sgrìobh Aonghas fhèin *Gur le Gùg*. 'S ann mu dheidhinn eucoir an aghaidh fhiadh-bheathaichean a tha an dealbh-cluiche. Bidh an dithis a' cumail rehearsals ann an Glaschu le taic bho Artair Donald, agus às dèidh sin bidh iad a' tadhal air 50 bun-sgoil Ghàidhlig air feadh Alba (p6 agus 7). Fhuair sinn £4,000 bho CnES airson am pantomime *Marsaili agus a' Bhleideag Airgid* a thoirt timcheall thallaichean coimhearsnachd san Dùbhlachd. A bharrachd air Jenna, Aonghas is mi fhìn, bha Sean MacLeòid, à Col Uarach, còmhla rinn air a' chuairt. Bha am feedback a fhuair sinn bhon chuairt air leth math, agus a' leantainn air seo chaidh iarraidh oirnn beachdachadh air cuairt dràma eile a chur air dòigh sna h-Eileanan ron t-samhradh. Tha sinn an-dràsta a' bruidhinn ri CnES mu dheidhinn seo. Rinn sinn taisbeanadh poblach de *Mharsaili* ann an Inbhir Nis 16 Dùbhlachd agus a dh'aindeoin na droch shìde thàinig còrr is 90 ga fhaicinn.
2.13	**A’ frithealadh air deugairean sna Fèisean**
	'S e an Sgoil Shamhraidh Dhràma an iomairt as motha anns a bheil sinn an sàs a thaobh dheugairean, agus thathas air 50 duine òg a thàladh ann thar trì bliadhna. Bha deugairean ann an Dùn Èideann agus Leòdhas an sàs anns a' phròiseact dràma rèidio a chaidh a ruith ann an 2009/10. Tha an obair anns a bheil sinn an sàs airson Urras Nàiseanta na h-Alba ag amas air deugairean cho math ri clann na bun-sgoile.
3	**Cùmhnantan Com-Pàirtichidh**
3.3	**Obair Ghàidhlig sna sgoiltean**
	Mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd tha sinn an sàs ann an grunn phròiseactan ann an sgoiltean air feadh Alba, agus tha sinn a' feitheamh airson dearbhadh air taic-airgid airson

	feadhainn eile: Dearbhte: • Pròiseact Dràma Rèidio Earra Ghàidheal (deiseil ach a' feitheamh air cothrom obair-deasachaidh a dhèanamh) • Pròiseact Dràma Rèidio Rois, Chataibh, Inbhir Nis agus Bhàideanach (gus a bhith deiseil) • Pròiseact Dràma Earra Ghàidheal agus Loch Abar (air tòiseachadh) • Panto sna h-Eileanan an Iar (deiseil) • Cuairt Nàiseanta Mheanbh-chuileag (gus tòiseachadh) • Obair ann am bun-sgoiltean a rèir planaichean BnaG airson Seirbhis Ealain Foghlaim (a' tòiseachadh às dèidh na Càisge) An crochadh air maoineachadh: • Obair ann an sgoiltean gus taic a thoirt don sgeama GLPS (cha chuala sinn dad mu dheidhinn seo fhathast)

Luchd-obrach	**Aonghas MacLeòid**
Dleastanas	**Oifigear Dràma**
Ùine	**An Dùbhlachd 2010 – an Gearran 2011**

Adhartas a thaobh buileachadh pròram obrach Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**Targaid** Adhartas
1	**Lìbhrigeadh Sheirbheisean**
1.1	**A' toirt taic do agus a' leasachadh Fèisean fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach (CEA)**
	Tha obair na buidhne gu lèir ag amas air an seo. Tha mi an sàs ann an Sgioba G a thaobh a bhith a' toirt taic aig Fèisean leithid Fèis Spè agus Fèis a' Bhaile agus a thaobh a bhith ag ullachadh cur-seachadan agus geamannan. Tha mi air a bhith an sàs anns na clàraidhean airson leabhar-taice Gàidhlig ùr do dh'Fhèis Rois.
1.16	**A' cruthachadh Lìonra**
	A' leudachadh, nuair a ghabhas a dhèanamh, cothroman cò pàirteachais le buidhnean eile ann agus taobh a-muigh saoghal na Gàidhlig, agus a' leantainn oirnn ag obair sna raointean a th' ann a-cheana. (CEA) **BBC Alba** Tha deagh chàirdeas-obrach againn leis an sgioba riochdachaidh aig Aileag, BBC Rèidio nan Gàidheal as dèidh an obair a rinn sinn sa bhliadhna sgoile a dh'fhalbh air a' phròiseact dràma airson rèidio. Tha sinn ag obair còmhla ri sgioba riochdachaidh Aileag sa bhliadhna sgoile seo agus a' beachdachadh air cothroman co-obrachaidh eile aig BBC Rèidio nan Gàidheal. **Promote YT (Alba)** Tha mi air an liosta sgaoilidh aig Promote YT. **NAYD** – Buidheann Nàiseanta Dràma na h-Òigridh, buidheann leasachaidh airson theatar òigridh/ dràma ann an Èirinn.
1.21	**An Làrach-lìn agus TFC**
	Obair leantainneach air duilleagan-lìn ùr a thaisbeanas pròiseactan drama FnG.
2	**Leasachaidhean Ùra**
2.5	**A' leasachadh Dràma Gàidhlig**
	A' cumail oirnn a' lìbhrigeadh sreath de Fhèisean dràma Gàidhlig (CEA)

	• rinn mi bùthan-obrach dràma airson rèidio agus seiseanan clàraidh le na sgoiltean a leanas: Sgoil a' Phluic Sgoil Loch Carrainn Sgoil Gheàrrloch • thug mi taic rianachd do Ruairidh MacNeacail a tha na obraiche dràma aig Eden Court, a libhrig a' phròiseict dràma airson rèidio ann an taobh Tuath na Gàidhealtachd.
	A' cumail taic ri co-dhiù 80 bùth-obrach dràma ann an coimhearsnachdan air feadh Alba (BnG)
	Obair leantainneach còmhla ri Dougie Beck. Thèid an amas seo a choileanadh le bhith toirt seachad na pròiseactan dràma gu h-àrd.
	A' cumail Sgoil Shamhraidh Dràma Gàidhlig agus ag obair a dh'ionnsaigh aonta le MG ALBA airson tuilleadh leasachaidh proifeiseanta do dhaoine a nì an cùrsa (InG)
	Rinn sinn toiseach tòiseachaidh air planaichean airson SSD2011 aig deireadh 2010.
	Sgoil Shamraidh Dràma 2011 air a chumail, le co-dhiù 17 oileanach le Gàidhlig a' gabhail pàirt agus 100 san luchd-èisteachd aig an taisbeanadh mu dheireadh (BnG)
	Feumar na puingean a leanas a thoirt air adhart airson SSD 2011: • Cha robh iarrtasan ann bho Leòdhas no na Hearadh ann an 2010 • Tha an luchd-teagaisg ag iarraidh gum bi an sgoil nas fhaide • 'S docha gum feum sinn an oidhche mu dheireadh a ghluasad gu àiteigin eile gus barrachd a thàladh ann
	Thèid cuairt sgoiltean Meanbh-Chuileag air adhart eadar 21 Gearran agus 1 Giblean 2011.
	Chaidh obair sgriobhaidh a dhèanamh air an sgriobt a bhios stèidhte air eucoir fiadh bheatha ann an Alba. Thèid seachdain deasachaidh a chumail ann an Glaschu san t-seachdain a tòiseachadh 14/02/11. Shoirbhich leis a' phantomime Marsaili agus a' Bhleideag Airgid anns na h-Eileanan an Iar.
2.13	**A' frithealadh air deugairean sna Fèisean**
	'S e an Sgoil Shamhraidh Dhràma an iomairt as motha anns a bheil sinn an sàs as thaobh deugairean, agus thathas air 50 duine òg a thàladh ann thar trì bliadhna. Bha mi an sàs le bùthan-obrach dràma agus geamannan Sgioba G aig Fèis a' Bhaile agus Fèis Spè.
3	**Cùmhnantan Com-Pàirtichidh**
3.3	**Obair Ghàidhlig sna sgoiltean**
	Mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd tha mi an sàs ann an grunn phròiseactan ann an sgoiltean air feadh Alba: Dearbhte: • Pròiseact Dràma Rèidio Rois, Chataibh, Inbhir Nis agus Bhàideanach • Cuairt Nàiseanta Mheanbh-chuileag (seachdain deasachaidh – 14/02/11) • Obair ann an sgoiltean a-rèir planaichean BnaG airson Seirbhis Ealain Foghlaim • Panto sna h-Eileanan an Iar (Dèante – 10/12/10)

Luchd-obrach	**Caoimhin Rodgers**
Dleastanas	**Oifigear Leasachaidh Lochabair**
Ùine	**An Dùbhlachd 2010 – an Gearran 2011**

Adhartas a thaobh buileachadh pròram obrach Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**Targaid** Adhartas
1	**Lìbhrigeadh Sheirbheisean**
	• Tha mi air a bhith a' cumail conaltradh gu math trìc ris na Fèisean agam • Chaidh mi gu coinneamhan còmhla ri gach Fèis agam taobh a-staigh na trì mìosan a dh'fhalbh • Tha mi air choinneamhan a chumail leis na Fèisean agam a-thaobh an Sgeama Tabhartas • Tha mi air a bhith a' bruidhinn ri Comhairle Peairt is Ceann Rois a thaobh taic-airgead airson Fèis an t-Srathan an ath bhiadhn' • Tha mi fhathast a' bruidhinn ri Fèis Innis an Uillt, Fèis Lannraig a Tuath agus Fèis Ghlaschu mu dheidhinn buidhinn stiùiridh mar a th' againn ann an Lochabar. • Tha mi air a bhith ag obair còmhla ri Anndra Mac Phearson air pròiseact ùr co-cheangailte ri Fèis Innis an Uillt, Fèis Lannraig a Tuath agus Bunsgoiltean Condorrat agus Innis an Uilit • Fhuair mi airgead airson Fèis Òigridh na Mara airson pròiseact far am bi iad a' cur oidean gu Eilean Cannaidh airson deireadh sheachdain • Fhuair mi airgead airson Fèis Lochabair a thèid a cleachdadh ann an co-obrach le Bunsgoil Naoimh Màiri gus làithean fosgailte a chumail aig an Sgoil a bhios ag amas air an teaghlach.
1.3	**Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean**
	• Chuir mi air dòigh agus chum mi coinneamhan còmhla rig ach Fèis agam a thaobh iarrtasan an Sgeama Tabhartas • Thug mi seachad comhairle agus taic pragtaigeach leis an seo.
1.4	**A' toirt taic do dhuine Saor thoileach**
	• Bidh mise a' frithealadh co-dhiù coinneamh aig gach fèis gach bliadhna cho math ris na coinneamhan bliadhnail aca. • Tha mi air a dhèanamh soilleir gu gach tè de na Fèisean agam gu bheil mi 'n còmhnaidh ann ri fhaighinn agus thug mi àireamhan pearsanta agam do co-dhiù aonan a-mach à gach comataidh. • Tha e na phàirt den phlana agam leasanan Ùlpan a thoirt seachad do buill aig nach eil Gàidhlig. • Tha mi cuideachd a' coimhead air dòigh ùr a làimhseachadh na h-uairean bliadhnail (gu h-àiridh airson Fèis Lochabair). Ma tha sinn soirbheachail, bidh cuideigin ùr san sgìre aig a bhios an uallach a bhith a' coimhead as dèidh na clasaichean leantainneach agus am plana Gàidhlig againn a' chur an gnìomh.
1.11	**A' cur ri chèile agus a' sgaoileadh naidheachdan is fiosrachadh eile gu cunbhalach**
	• Bidh mi a' sgrìobhadh naidheachdan dhan làrach co-dhiù gach co-là dheug agus a' cuir riutha an uair a tha feum ann. • Bidh mi a' cuir air adhart gach pìos fiosrachaidh a bhios a' tighinn thugam gus dèanamh cinnteach gu bheil fios aig na Fèisean dè tha tachairt.
2	**Leasachaidhean ùra**
2.3	**A' cruthachadh shiùil gus am Poileasaidh Gàidhlig a chur an gnìomh taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal.**
	• Bidh mi a' dèanamh cùrsa Ùlpan airson buill chomataidh sa Bhliadhn' ùr
2.6	**Taic a' leantainn do Chuairtean Cèilidh nam Fèisean**
	• Bhruidhinn mi ri comataidh Fèis Lochabair air fad agus ri buil fà-leth mu dheidhinn seo agus planaichean bunaiteach a chur an gnìomh.

2.13	**A' frithealadh air deugairean sna Fèisean** Ghabh Fèis nan Deugairean Lochabair àite san Dàmhair. Bha sgioba air leth math againn air a shon – Raonaid Walker, Ingrid Nic Eanraig, Allan Mac Eanraig, Iain Mac Phàrlain, Sìleas Nic an Ceàrdaich agus Finlay Wells. Cho math ris na cuspairean "àbhaisteach" mar Fìdheall, Pìob, Meur Chlàr, Òran, Giotar agus Bocsa bha bùithtean obrach ri dhèanamh feasgar ann am PA, Clàradh, Sgrìobhadh agus Obair còmhlain. Fhuair sinn feedback uabhasach fhèin math bho na h-oidean agus nam com-pàirtichean mu dheidhinn an Fhèis agus gu h-àraidh mu dheidhinn na bùithtean obrach. Tha sinn gu mòr airson a dhèanamh a-rithist ann am 2011.
3	**Cùmhnantan Com-Pàirtichidh**
3.1	**Cùmhnant Iomairt Ciùil na h-Òigridh ann an Roinn na Gàidhealtachd**
	• Bidh mi a' bruidhinn ris an oifigear YMI gu math tric agus bithidh mi a' frithealadh clasaichean san t-Samhain gus fios a bhith agam mar a tha iad air an lìbhrigeadh.

Luchd-obrach	**Jenna Mhoireasdan**
Dleastanas	**Oifigear Leasachaidh nan Eilean Siar**
Ùine	**An Dùbhlachd 2010 – An Gearran 2011**

Adhartas a thaobh buileachadh prògram obrach Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**Targaid** Adhartas
1	**Lìbhrigeadh Sheirbheisean**
1.1	**A' cumail oirnn a' toirt taic do agus a' leasachadh Fhèisean fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach**
	Leis gun robh mi air chuairt leis an dealbh-chluich 'Marsaili agus a' Bhleideag Airgid' chuir mi romham coinneamhan a chumail le na Fèisean anns na h-Eileanan an Iar eadar 6 - 10 Dùbhlachd. Fhuair sinn cothrom beachdachadh air tachartasan na h-ath bhliadhna agus sùil a thoirt air na foirmean-iarrtais aca cuideachd. Dh'fhàg mi leth-bhreac aca airson ullachadh agus a thilleadh thugam san Fhaoilleach. Cha d' fhuair mi air coinneachadh aghaidh-ri-aghaidh le Fèis an Earraich, Fèis Thròdairnis agus Fèis Ratharsaidh le cho èadhradair sa bha an aimsir san Dùbhlachd agus aig toiseach an Fhaoillich. Ach fhuair sinn cothrom coinneamh fòn a chumail agus bha e furasta gu leòr dhomh stiùireadh a thoirt dhaibh le na foirmichean aca agus ceist sam bith a fhreagairt tro phuist-d. Bidh mi a' coinneachadh le Fèis Thròdairnis air Dihaoine 11 Gearran agus le Fèis an Earraich air Diciadain 16 Gearran airson planaichean Gàidhlig ullachadh còmhla riutha agus stiùireadh a thoirt dhan dithis chathraiche a tha air ùr-thòiseachadh.
	Chaidh foirmean-iarrtais 2011 – 2012 a thilleadh ann an àm gu oifis Phort Rìgh aig deireadh an Fhaoillich le planaichean Gàidhlig nan lùib cuideachd. Bidh mi a' cumail coinneamh le Fèis Eilean na Hearadh air 22 Gearran airson leasachaidhean ùra a thoirt air adhart airson ceann-bliadhna na Fèise a chomharrachadh anns an Iuchar. Tha 20 bliadhna air a dhol seachad on a chaidh a' chiad Fhèis a chumail anns na Hearadh.
1.4	**A' cumail oirnn le sùil taice ionmholta do dh' Fhèisean fa leth tro bhith a' togail air ar siostam le Oifigearan Leasachaidh, a bheir cothrom do dh' Fhèisean ionadail bruidhinn ri aon neach a dh' innseas mu sheirbheisean Fèisean nan Gàidheal** Chuir mi seachad ùine anns an Fhaoilleach a' sgaoileadh fiosrachaidh bho Sandy gu na Fèisean mu dheidhinn nan riaghailtean ùra a bhios CRBS a' cur air bhog aig deireadh a' Ghearrain. Bha liostaichean de dh'ainmean buill nan comataidhean agus luchd-teagaisg nan clasaichean leantainneach air an cur air adhart gu Sandy airson dearbhadh cò aig an robh feum air teisteanas ùr iarraidh ron cheann-là. Thèid Fèis trèanaidh na buidhne a chumail anns a' Mhàrt agus tha mi a' feuchainn ri toirt air na Fèisean neach ainmeachadh bhon chomataidh a bhios deònach a dhol ann mur a h-eil e comasach dhan neach-rianachd a bhith an làthair. Aig an ìre seo, tha ceathrar air an ainm a chur

	air adhart bho na sgìrean a tha fom chùram.
1.13	**A' toirt seachad taic do leasachadh nam Fèisean, no buidhnean de dh' Fheisean a tha ag iarraidh a bhith nas neo-eisimeiliche**
	On a thòisich Anne-Marie NicLeòid san dreuchd mar neach-rianachd aig Fèis Bharraigh tha mi air a bhith a' bruidhinn rithe air a' fòn gu math tric agus a' cur leth-bhreacan thuice de phoileasaidhean na buidhne air post-d. Beag air bheag, tha mi a' toirt comhairle dhi air na ceumannan a bu chòir dhan Fhèis a bhith a' gabhail airson poileasaidhean na buidhne a leantainn gu soirbheachail. Tha Anne-Marie a dèanamh deagh obair na dreuchd.
1.16	**A' leudachadh, nuair a ghabhas a dhèanamh, cothroman cò pàirteachais le buidhnean eile ann agus taobh a-muigh saoghail na Gàidhlig, agus a' leantainn oirnn ag obair sna raointean a th' ann a-cheana, Fòram Ciùil Traidiseanta na h-Alba nam measg**
	Air 15 Dùbhlachd, chur mi seachad madainn a' cumail taic ri pròiseact a chaidh a chur air bhonn le Marina Choireach, Oifigear Iomairt Cànain Taobh Siar Leòdhais. Thàinig dòrlach de bhuidhnean Chròileagan còmhla bhon sgìre ann an Spòrs Nis airson seinn, ealain agus dràma a dhèanamh. Rinn mi fhèin seinn còmhla ris a' chloinn.
2	**Leasachaidhean Ùra**
2.2	**Leantainn le bhith a' cur Poileasaidh Gàidhlig Fèisean nan Gaidheal an gnìomh agus seirbheis taic Gàidhlig a thoirt seachad do na Fèisean air fad tro luchd-obrach agus pròiseactan sònraichte a-rèir an iarrtais**
	Tha Fèis Tìr a' Mhurain a' cur air dòigh clas ùr anns na h-ealain airson deugairean aig a bheil Gàidhlig anns an Uibhist a Deas. Tha seo a' leantainn bho na beachdan a thàinig air ais bhon òigridh a ghabh pàirt anns na bùthan-obrach a chaidh a chumail le Oifigear Leasachaidh Fèisean nan Gaidheal, Oifigear Leasachadh Òigridh agus Oifigear Iomairt Cànain na sgìre anns an Dàmhair an-uiridh. Bha mòran dhiubh ag iarraidh clas Ealain anns an sgìre tro mheadhan na Gàidhlig agus tha Fèis Tìr a' Mhurain airson an cothrom seo a thabhann dhaibh. Tha mi air toiseach-tòiseachaidh a dhèanamh air poileasaidhean nas doimhne a chruthachadh airson gach Fèis, a bheir fiosrachadh nas mionaidiche air an obair a tha iad a' dèanamh airson poileasaidh FnG a choileanadh.
3	**Cùmhnantan Com-Pàirtichidh**
3.6	**A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a nì sanasachd air ar n-obair**
	Tha Fèis Tìr a' Mhurain trang a' togail airgead airson turas a bhios iad a' gabhail anns an Iuchar. Tha còmhlan ùr na Fèise air cuireadh fhaighinn bho Fhèis Cheilteach Innse Gall prìomh Fhèis na bliadhna fhosgladh gu h-oifigeil air feasgar Diciadain. Thachair mi ris a' bhuidheann air 7 Gearran agus abair gu bheil e air togail a thoirt dhaibh. Bidh mi ag obair gu dlùth leis a' bhuidheann agus a' chomataidh anns na mìosan a tha air thoiseach oirnn airson cuideachadh a thoirt dhaibh le bhith a' cur ghnothaichean air dòigh airson an turais. Tha iad a' leantainn orra le bhith a' tabhann clasaichean obair-bhuidhne. Tha Oidhche Chiadain, còmhlan Fèis Eilean an Fhraoich, ag obair air clàr ùr an-dràsta agus iad an dòchas a' chiad chlàr aca a chur air bhog nas fhaide air adhart anns a' bhliadhna.

Luchd-obrach	**Christine MacIntyre**
Dleastanas	**Oifigear Leasachaidh**
Ùine	**An Dùbhlachd 2010 – An Gearran 2011**

Adhartas a thaobh buileachadh pròram obrach Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**Targaid** Adhartas
1	**Lìbhrigeadh Sheirbheisean**
1.1	**A' cumail oirnn a' toirt taic do agus a' leasachadh Fhèisean fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach** • 14 Am Faoilleach – Choinnich mi ri Fèis Latharna san Òban • 18 Am Faoilleach – Choinnich mi ri Fèis Cholla (ann an Glaschu)

	• 19 Am Faoilleach – Choinnich mi ri Oifigear CNAG airson Earra Gàidheal (ann an Glaschu)
	• 21 Am Faoilleach – choinnich mi ri Bernard Bell (Fèis Dhùn Bhreatainn) • 22 Am Faoilleach – choinnich mi ri Tamara Hedderwick a thaobh Fèis Cholla (an Glaschu) • 26 Am Faoilleach – Choinnich mi ri Seònaid Dhòmhnallach a thaobh Fèis Mhuile (san Òban) • 30 Am Faoilleach – a' cur m' ainm ri foirmichean Disclosure ann an Glaschu • 1 An Gearran – Choinnich mi ri STRAMASH, Ionad Spòrs taobh a-muigh, anns an Òban gus dàimh-obrach a stèidheachadh eadar Fèis Latharna agus Fèis Dhùn Omhain.
1.3	**Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean**
	• Chuir gach tè de na (9) Fèisean agam crìoch air na foirmichean iarrtais aca airson an Sgeama Tabhartais 2011 Tha mi, aig an àm seo, ag obair air na leanas: • Iarrtas SIA airson Fèis Latharna (Cèilidhean air Chuairt) • Iarrtas SIA airson Fèis Cholla (Pròiseact an Òbain) • Iarrtas Taic Freumhan airson Fèis Latharna • Iarrtas Taic Freumhan airson Fèis Ìle (pròiseact nan sgoil)
1.4	**A' toirt taic do luchd-obrach saor-thoileach**
	• A' toirt cuideachadh do Fhèis Cholla leis na Bùiththean-obrach (deireadh Seachdain) aca • A' cuideachadh Fèis Ille aig am Fèis sa Ghearran • Ag obair mar cho-òrdanaiche air obair eadar Fèis Dhùn Domhainn agus CnP. • A' toirt cuideachadh do Fhèis Mhuile aig an Fhèis fad deireadh-seachdain sa Mhàrt.
1.11	**A' cur ri chèile agus a' sgaoileadh agus a' reic stuthan-foillsichte**
	• Bidh mi a' sgrìobhadh agus a' togail dealbhan airson Faileas • A' cur fiosrachadh ùr air an làrach-lìn airson Fèisean ann an Earra Ghàidheal • Chuir mi cuairt-litir dealanach airson nam Fèisean ann an Earra Ghàidheal air dòigh.
1.13	**Taiceil do leasachadh nam Fèisean, no buidhnean de dh'Fheisean a tha ag iarraidh a bhith nas neo-eisimeiliche**
	• A' cumail conaltradh le Fèis Latharna mu dheidhinn Club a chur air dòigh taobh a-muigh uairean na sgoile airson an aonaid Ghàidhlig anns an Òban. • A' cur taic ri Fèis Dhùn Omhainn gus Club Dràma a thòiseachadh gach feasgar Disathairne a' tòiseachadh sa Ghiblean 2011 • A' bruidhinn ri muinntir Ghiogha mu dheidhinn Fèis a thòiseachadh ann.
2	**Leasachaidhean Ùra**
2.3	**A' cruthachadh shùil gus am Poileasaidh Gàidhlig a chur an gnìomh taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal**
	• Thug mi seachad fiosrachadh do Fhèisean mu dhèidhinn clasaichean (traidiseanta agus Ùlpan) Gàidhlig • A' cur air dòigh coinneamh eadar an t-Oifigear Leasachaidh airson Gàidhlig (A&BC), Bòrd na Gàidhlig agus Fèisean nan Gàidheal (17mh An Gearran) • Sgrìobh mi plana Gàidhlig fa-leth airson gach tè de na Fèisean agam gus an cur ris na h-iarrtasan aca airson an Sgeama Tabhartais.
2.6	**Taic a' leantainn do Chuairtean Cèilidh nam Fèisean**
	• A' cur iarrtas a-steach do SIA gus taic-airgid fhaighinn airson nan Cèilidhean air Chuairt (Earra Ghàidheal) • Ag obair còmhla ri Cèilidh Trailers Earra Ghàidheal gus airgead a thogail airson Sri Lanka
2.13	**A' frithealadh air deugairean sna Fèisean**
	• Tha am pròiseact aig Octal Ghleann Chruitean a' leantainn • A' brosnachadh an fheadhainn a tha an sàs leis na Cèilidhean air Chuairt a chumail orra mar chòmhlan • A' bruidhinn ri Stramash mu dheidhinn tachartasan taobh a-muigh a dhèanamh do dheugairean tro làithean-saora an t-samhraidh. Tha mi airson 's gun cuir iad iarrtas a-steach do Bhòrd na Gàidhlig air a shon
3	**Cùmhnantan Com-Pàirtichidh**
	• A' bruidhinn ri Stramash mu dhèidhinn co-obrachadh a cur an gnìomh ann an Dùn Omhainn agus anns an Òban.

Fèisean nan Gàidheal

Co-labhairt agus Coinneamh Bhliadhnail 2011

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 1.2011.05(b)

Adhbhar a' Phàipeir

Fiosrachadh a thoirt do bhuill a' Bhùird mi àiteachan freagarrach airson a' Coinneamh Bhliadhnail 2011.

Bun Fhiosrachadh

Dh'iarr buill a' Bhùird oirnn coimhead ri Sruighlea mar àite freagarrach airson na co-labhairt am bliadhna.

Cha robh e comasach dhuinn an Ionad Stiùiridh aig Oilthigh Shruighlea fhaighinn ach fhuair sin Taigh-òsta Dunblane Hydro. Bidh cosgaisean nas àirde na 'n àbhaist an lùib na h-àite seo agus feumaidh sinn a bhith cinnteach à taic bho na Fèisean mas tèid sinn air adhart leis an àite a dhearbhadh.

Tha na h-oifigearan leasachaidh a bruidhinn ris na Fèisean aca agus bheir sinn seachad am fiosrachadh as ùire aig a' coinneimh.

Gnìomh a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don fhiosrachadh agus co-dhùnadh a' dhèanamh an tèid so air adhart ann an Sruighlea, le cosgaisean nas àirde na an àbhaist, ma tha taic bhon na Fèisean.

Anne Willoughby
Manaidsear Gnìomha
Gearran 2011

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org